

A TH-SGEUL

Sgrìobtaichean dràma
airson àrd-sgoiltean



Ga faidh Nar

SUS

Clàr-innse

Am Partaidh Purpaidh	3
An Taghadh	15
“Aon Fheasgar ...”	25
Bòrd do Dheichnear	34
Cafaidh Ranji	48
Na Stocainnean	63
Ri Aghaidh na Creig	73





Am Partaidh Purpaidh

le Dòmhnall Iain MacIomhair

(An dealbh-chluich le Dòmhnall Iain MacIomhair)

Am Partaidh Purpaidh

Le

Dòmhnall Iain MacÌomhair

Stèidhichte air an sgeulachd ghoirid
Am Partaidh Purpaidh le Dòmhnall Iain
MacÌomhair

Caractaran

SEUMAS GILLEASBAIG MACSONACHAN -
TAGRAICHE PÀRLAMAID

MÀIRI BELINDA - BEAN SHEUMAIS

FERDINAND - MAC SHEUMAIS

SEONaidh DONaidh - MAC SHEUMAIS

MURDAG A' GHREUSAICHE

MEUBAIL DHÒMHNAILL PUT

AM PLUMADAIR

PEREGRINE - MAIGHSTIR-SGOILE

NIGHEAN AN ÈIREANNAICH

PEIGI BARABAL

UILLEAM TOBHTABHAT

UILLEAM UILLEIM UILLEIM

FEARGHAS MACGILLE NA CUTAIG -
MINISTEAR

IASGAIREAN IONADAIL

CIORSTaidh NIC AN TÒISICH AGUS CALUM
FRISEAL - DITHIS LUCHD-NAIDHEACHD

SEALLADH A H-AON: TALLA ANNS A BHEIL COINNEAMH RO THAGHADH
PÀRLAMAID

Tha Am Plumadair agus Seumas Gilleasbaig MacSonachan nan
suidhe aig bòrd air àrd-ùrlar. Tha Màiri Belinda, Ferdinand
agus Seonaidh Donaidh a' dol am measg nan daoine san talla,
(agus an luchd-èisteachd)a' sgaoileadh bhileagan-taghaidh. Is
e am Plumadair a tha sa chathair. Èiridh am Plumadair air a
chasan.

AM PLUMADAIR

Fàilt' oirbh uile gu Talla Bhaile
na Circe. Tha sinn fortanach
a-nochd gu bheil an Tagraiche
Pàrlamaid, Seumas Gilleasbaig
MacSonachan còmhla rinn airson a
bheachdan a thoirt dhuinn. Seo
a' chiad turas riamh a thàinig
tagraiche pàrlamaid gu Baile na
Circe ...

PEREGRINE

(ag èigheach) Ceann mòr air duine
glic, ceann circ' air amadan!

Tha an sluagh a' gàireachdaich agus a' bualadh bhoisean.

MÀIRI BELINDA

(ri Murdag a' Ghreusaiche) A
Mhurdag, a Mhurdag an robh dùil
agad ri coinneamh-ùrnaigh
a-nochd eadar aodach dubh, agus
Bioball cuideachd?

MURDAG A' GHREUSAICHE

Dè am fios a bh' agamsa dè an
seòrsa coinneamh a bhiodh an seo?
Tha mi a' faicinn gu bheil am
ministear an làthair. Agus ma tha
am ministear an seo, tha sin math
gu leòr dhòmhsa.

MÀIRI BELINDA

(ri Meubail Dhòmhnail Put) Agus
nach tu fhèin a tha spaideil, a
Mheubail. Abair dreasa bhrèagha.
Cha b' e coinneamh-ùrnaigh ris an
robh dùil agadsa, tha mi cinnteach.

MEUBAIL DHÒMHNAILL PUT

Cha b' e gu dearbha. Sgeadaich mise
mi fhìn, gun fhios nach sealladh
Seonaidh Donaidh rium. Chunnaic mi
a dhealbh sa phàipear. Abair pìos!
Tha e eireachdail fhèin. Feuch gun
inns thu dha dè mo bharail, a-nise.

UILLEAM UILLEIM UILLEIM

Fan sàmhach, òinsich. Tha iad
deiseil airson tòiseachadh.

MEUBAIL DHÒMHNAILL PUT

Cha leig thu leas a bhith cho
mì-mhodhail, Uilleim Uilleim
Uilleim. Tha sinn uile airidh air
èisteachd.

AM PLUMADAIR

Bidh fios agaibh uile gu bheil
Taghadh Pàrlamaid gu bhith ann a
dh'aithghearr. Agus rim thaobh an
seo tha Seumas Gilleasbaig
MacSonachan a bhios a' seasamh
airson a' Phartaidh Phurpaidh. Tha
sibh uile eòlach air Seumas còir,
agus ...

PEREGRINE

Air do shocair, a Phlumadair. Cha b' ann airson èisteachd riutsa a chruinnich am mòr-shluagh an seo a-nochd. Am Partaidh Purpaidh - cha chuala sinn a-riamh mu dheidhinn. Thoir cothrom dhan tagraiche innse dhuinn mun Phartaidh seo.

MURDAG A' GHREUSAICHE

Purpaidh? Dè an seòrsa dath a tha sin? Cha chuirinn-sa purpaidh orm dhan eaglais latha sam bith!

Tha an sluagh a' bualadh bhoisean. Èiridh Seumas.

SEUMAS G MACSONACHAN

Is mise Seumas Gilleasbaig
MacSonachan;
ma bheir sibh dhomh bhòt cha bhi
gnothaichean dona dhuibh;
purpaidh mo phoileasaidh,
purpaidh mo smuaintean;
èistibh gu mionaideach riumsa 's na
gluaisibh.

MÒR-SHLUAGH

Èistidh. Èistidh. Èistidh.

SEUMAS G MACSONACHAN

Uaine. Buidhe. Dearg. Agus Gorm.
Partaidhean nan linn a dh'fhalbh.
Tha feum air partaidh ùr.

Tha an sluagh a' bualadh bhoisean agus ag èigheach. Tha am Plumadair a' toirt air an luchd-èisteachd an aon rud a dhèanamh.

AM PLUMADAIR

(ris an luchd-èisteachd) A bheil
luchd-leantainn a' Phartaidh
Phurpaidh a-muigh an sin cuideachd?
Air ur casan, buailibh ur boisean!

MÒR-SHLUAGH

Partaidh Purpaidh! Partaidh
Purpaidh!

SEUMAS G MACSONACHAN

Um, tapadh leibh, tapadh leibh.
Nise, èistibh ri mo phoileasaidhean
agus chan e briseadh-dùil a gheibh
sibh. Nuair a chuireas sibh mise
dhan Phàrlamaid, thig leasachadh air
ur beatha.

PEREGRINE

Seadh? Agus dè fon ghrèin, no fon
ghealaich, a tha Am Partaidh
Purpaidh a' ciallachadh?

Fhad 's a tha Seumas G MacSonachan a' mìneachadh nan
litrichean, turas ma seach, togaidh Màiri Belinda, Seonaidh
Donaidh agus Ferdinand cairtean le na litrichean
P-U-R-P-A-I-D-H sgrìobhte orra.

SEUMAS G MACSONACHAN

(le guth àrd) *P* airson plaideachan,
u airson uisge, *r* airson rocaidean,
p airson piseagan, *a* airson adan, *i*
airson iasg, *d* airson drochaid,
agus *h* airson Hiort.
Cuiribh ri chèil' iad, fillibh gu
grinn iad;
sibhse bhios math dheth: fuirich
gun cluinn sibh!

PEREGRINE

Mas fhìor! *P* airson plaideachan.
Dè a' chiall a tha aig sin?

SEUMAS G MACSONACHAN

Tha an t-ainm a' tòiseachadh le *p*,
's tha sin a' seasamh airson
'plaideachan'. Nuair a chuireas
sibh mise dhan Phàrlamaid, bheir
mise plaideachan do gach neach sa
bhaile a tha os cionn trì fichead
's a còig ach am bi mi cinnteach
gum bi iad blàth san leabaidh rè
oidhcheannan fuara a' gheamhraidh.

Tha an sluagh a' bualadh bhoisean le toileachas.

IASGAIREAN

(a' seinn *Balaich an Iasgaich*)
'S e leabaidh as fheàrr leam na
gàbhadh nan tonn
Is plaide mo mhàthar is a làmh fo
mo cheann ...

PEREGRINE

Agus ciamar a tha thu a' dol a
phàigheadh airson nam plaideachan
eh? Seadh, ciamar?

MÒR-SHLUAGH

Ciamar? Aidh, ciamar?

SEUMAS G MACSONACHAN

Èistibh ri mo sheanchas. Chan fhàs
sibh idir searbh dheth! Socair,
socair.

Bruidhnidh sinn air airgead, air
ionmhas, nuair a thèid sinn tron
liosta.

MÒR-SHLUAGH

Liosta?

NIGHEAN AN ÈIREANNAICH

Inns dhuinn mun dàrna litir. Inns
dhuinn mun uisge.

MÒR-SHLUAGH

Aidh. Inns dhuinn.

SEUMAS G MACSONACHAN

Tha mise a' dol a chruthachadh
obraichean gu leòr an seo. Cuiridh
mi air chois obraichean
a' reic uisge ris na Sasannaich.
Tha mòran a bharrachd uisge againne
ga fhaighinn an seo na tha na
Sasannaich bhochda a' faighinn. Dà
nota air botal mòr. Uisge glan -
fìor-uisg' Baile na Circe.
Èisteadh sibhs' ri Seumas còir
's cha bhi am pathadh tuilleadh
oirbh.

IASGAIR 1

Tha am pathadh ormsa an-dràsta!

MINISTEAR

Tha sin gu leòr dhe sin!

NIGHEAN AN ÈIREANNAICH

Dè mu na rocaidean?

SEUMAS G MACSONACHAN

Thèid mise gu Ameireaga agus
bruidhnidh mi ris a' Cheann-suidhe,
agus iarraidh mi air sgar a bhith
a' cur nan rocaidean suas dhan
adhar. Is iad na rocaidean grànda a
tha sin a bhios a' dèanamh nan toll
san òson. Chan iad na canastairean
anns a bheil stuth cùbhraidh a
chumas am fallas às na h-achlaisean
a tha nam meadhan air na tuill san
òson. Rocaidean nan Ameireaganach
as coireach, agus siud agaibh an
fhìrinn ghlan. Cuiridh mise às dha
na rocaidean.

Tha boisean a' bualadh. Tha cuid den t-sluagh air an casan.

AM MÒR-SHLUAGH
 Huirè. Huirè. MacSonachan.
 MacSonachan. Baile na Circe!
 Baile na Circe!

MEUBAIL DHÒMHNAILL PUT
 (ag èirigh) Seonaidh Donaidh!

Tha Meubail a' suidhe sìos a-rithist air a nàrachadh.

PEIGI BARABAL
 Piseagan? Càit a bheil na piseagan
 a' tighinn a-steach?

SEUMAS G MACSONACHAN
 Geallaidh mise do gach neach a tha
 a' fuireach leis fhèin gum faigh e
 no i piseag ro cheann na bliadhna
 an dèidh dhòmhsa bhith air mo
 thaghadh. Tha seo airson nach bi
 daoine a tha a' fuireach leotha
 fhèin cho aonaranach. Bidh piseag
 aca ris am bruidhinn iad. Is e tha
 math mu dheidhinn sin nach freagair
 a' phiseag air ais iad.

AM MÒR-SHLUAGH
 Miao. Miao. Miao.

AM PLUMADAIR
 Bithibh aig fois. Leanaidh sinn
 oirnn.

SEUMAS G MACSONACHAN
 Leanaidh sinn oirnn. Leanaidh mise
 orm. a airson adan. Chì mi gu bheil
 grunn de bhoireannaich san latha a
 th' ann a' dol dhan eaglais gun
 adan, agus bu mhiann leamsa gun
 sguireadh an cleachdadh borb sin.
 Chan eil e idir ceart. Gheibh gach
 boireannach san àite leth-cheud
 nota gach bliadhna airson adan ùra
 a cheannach.

MURDAG A' GHREUSAICHE
 Seo a-nise! Tha mi ag aontachadh.
 Feadhainn dhubha, tha mi an dòchas.
 Nach eil thu a' faicinn gu bheil ad
 mhòr, àlainn dhubh ormsa?

SEUMAS G MACSONACHAN
 Dearg, no buidhe, no pinc, no
 uaine, no purpaidh, no orains no
 gorm. Tha mi a' tarraing ur coise.
 Adan purpaidh.

Feadhainn mhòra phurpaidh a bhios
a' riochdachadh poilitigs a' bhaile
- poilitigs phurpaidh.

AM PLUMADAIR

Nach inns thu a-nise dhuinn mun
iasg?

SEUMAS G MACSONACHAN

Tha daoine ag ithe cus de fheòil.
Feumaidh daoine iasg ithe co-dhiù
aon uair san t-seachdain. Bheir seo
obair do na h-iasgairean.
A' treabhadh a' chuain air
oidhcheannan fuar' air druim na
mara a' seòladh; cha bhi sinn gun
bhiadh ma dh'itheas sinn iasg a
tharraingear maraich' air bòrd
dhuinn.

IASGAIREAN

Ò, nach àghmhor!
(a'seinn) Ò, nach àghmhor a' dol a
sheòladh,
Ò, nach àghmhor a' dol a
dh'iasgach,
An trosg 's an adag bhith aig ar
diathad ...

AM PLUMADAIR

Aon turas eile agus cuiridh mi
a-mach an doras sibh. A bheil sibh
gam thuigsinn?

UILLEAM TOBHATABHAT

Dè nì an litir d' do Bhaile na
Circe? Duilgheadas? Dochann?
Dìochuimhne? Is fhada mus
dìochuimhnich sinn seo!

SEUMAS G MACSONACHAN

D airson drochaid. Bidh drochaid
air gach sruthan. Bidh drochaid air
gach allt. Gus nach tèid do chas a
fhliuchadh nuair a shiùbhlas tu
a-nall. Bheir drochaidean bho àite
gu àite thu - bho shuidheachadh gu
suidheachadh. Feumaidh sinn daonnan
a bhith a' togail dhrochaidean, gus
nach fliuch sinn ar casan.

UILLEAM UILLEIM UILLEIM

Tha am fear seo craicte.

AM PLUMADAIR

Sin an turas mu dheireadh.
A-nise ...

PEIGI BARABAL

(a' seasamh) Deireadh an fhacail!
H, a charaid. Inns dhuinn mu h!

SEUMAS G MACSONACHAN

Hiort. Bidh Hiort fhathast làn de dhaoine. Bidh daoine a' dol ann air saor-làithean. Campa mòr do luchd-turais, làn de ghoireasan mar thaighean-òsta, mar amaran-snàmh, mar phàircean-cluiche. Agus gheibh gach neach a tha san talla seo a-nochd cothrom aon uair sa bhliadhna co-dhiù làithean-saora a chur seachad ann an Hiort. Riviera a' chinn a tuath. Majorca an taoibh shiair. Cha tèid duine dhan Spàinn tuilleadh.

UILLEAM UILLEIM UILLEIM

Agus dè mun arm?

SEUMAS G MACSONACHAN

Cha chuir an t-arm dragh sam bith air luchd-turais. Is ann a bhios an t-arm feumail airson daoine a dhìon. Agus cumaidh iad sùil air an àite nuair nach bi e cho trang fad mhìosan a' gheamhraidh.

AM MINISTEAR

(a' seasamh) Ahem. Is mise an t-Urramach Fearghas MacGille na Cutaig.

Tha Murdag a' Ghreusaiche a-mhàin a' bualadh a boisean agus a' seasamh.

MURDAG A' GHREUSAICHE

Istibh uile! Tha Maighstir Mac Gille na Cutaig a' dol a bhruidhinn.

AM MINISTEAR

Is iad beachdan ionmholta dha-rìribh a tha agad. Tha mi an dòchas gun soirbhich leis a' Phartaidh Phurpaidh, agus leat fhèin, a MhicShonachain, cuideachd. Ach bha ceist a' tighinn a-steach orm. Carson nach do bhruidhinn thu mu sheirbheis na slàinte, mu fhoghlam agus mu rudan eile den t-seòrsa sin mun bi luchd na Pàrlamaid a' bruidhinn sa chumantas.

SEUMAS G MACSONACHAN

Ò, fàgaidh mise rudan den t-seòrsa
sin aig feadhainn eile. Nuair a
dh'fhàsas am Partaidh Purpaidh nas
motha, bidh daoine sa phartaidh a
bhios a' gabhail uallach nan
nithean sin. Ach cuimhnichibh mu na
rudan a thuir mi ribh.
Plaideachan. Uisge. Rocaidean.
Piseagan. Adan. Iasg. Drochaidean.
Agus Hiort.

Suidhidh Seumas. Èiridh an sluagh. Tha iad ag èigheach agus
a' bualadh am boisean. Seasaidh Seumas a-rithist.

Dh'èist sibh ri mo bheachd 's rim
phrògram, 's feuch a-nis nuair a
bhios sibh bhòtadh, gun cuir sibh
crois aig m' ainm-sa; 's ma bha
sibh 'n dùil gun robh mi gòrach, mo
bheachd gun d' dh'fhàg mi agaibh
dòchas, 's na thuir mi ribh nam
sheanchas.

Suidhidh Seumas. Èiridh Am Plumadair.

AM PLUMADAIR

Sin a-nise gar toirt gu crìoch na
coinneimh. Tha mi an dòchas gum
bhòt sibh do Sheumas Gilleasbaig
MacSonachan agus dhan Phartaidh
Phurpaidh. Tapadh leibh airson
tighinn. Feasgar math dhuibh uile!

PEIGI BARABAL

Uill, uill. Chuir sin seachad an
oidhche dhuinn.

SEALLADH A DHÀ: AN DÈIDH A' CHUNNTAIDH

Tha an taghadh seachad agus na bhòtaichean air an cunntadh.
Tha an luchd-naidheachd a' sireadh bheachdan.

CIORSTÀIDH

Sia bhòtaichean thar fhichead, a
Mhaighstir MhicShonachain. Tha
fhios gur e briseadh-dùil a tha
sin. Ciamar a tha sibh
a' faireachdainn?

SEUMAS G MACSONACHAN

Sia thar fhichead a bharrachd air
na bh' agam roimhe! Mo thaing dhan
t-sia duine fichead. Tha e math a
chluinntinn gu bheil sia duine
fichead eile a-muigh an sin a tha
purpaidh nan nàdar.

CALUM

Agus, a Mhìstres NicShonachain,
tha fios gu bheil sibhse
a' faireachdainn tàmailteach.

MÀIRI BELINDA

Chan eil gu dearbha. Dè a
dhèanainn-sa a' leum sìos is suas
eadar seo agus Taigh nan Cumantan?
Dh'fheumadh aodach purpaidh a bhith
orm, agus cha toigh leam aodach
purpaidh. Chan e briseadh-dùil a
th' ann idir.

CALUM

Agus dè a-nise a tha fainear do
Sheumas Gilleasbaig MacSonachan?

SEUMAS G MACSONACHAN

Tha eagal orm gur e seo crìoch
a' Phartaidh Phurpaidh. Cha do
thuig an sluagh na bha mi
a' tairgse dhaibh. Cha do thuig
iad mo phoileasaidhean. Ach
tillidh mi. Cluinnidh sibh
tuilleadh bho Sheumas Gilleasbaig
MacSonachan latha de na làithean.

Tòisichidh Ferdinand agus Seonaidh Donaidh a' gul.

CIORSTÀIDH

Mo chreach mhòr! Briseadh-cridhe
a-nochd do theaghlach
MhicShonachain. Taing dhuibh uile
airson bruidhinn rinn agus taing
dhuibhse aig an taigh airson
èisteachd.

CALUM

Oidhche mhath bhuainn uile an seo.

Fàgaidh Seumas, Màiri Belinda, Ferdinand agus Seonaidh
Donaidh an seòmar. Tha an sluagh a' bualadh am boisean.

AM MÒR-SHLUAGH

Purpaidh! Purpaidh! Purpaidh!

An Taghadh

le Iain Mac a' Ghobhainn

(An dealbh-chluich le Aonghas Iain MacDhòmhnail)



An Taghadh
Le
Iain Mac A' Ghobhainn

(Dealbh-chluich le Aonghas Iain
MacDhòmhnail)

Caractaran

IAIN

RUAIRIDH } TRIÙIR BHRÀITHREAN

TORMOD

MÀIRI - MÀTHAIR

COMANNDAIR

BUIDHEANN DE SHAIGHDEARAN

SEALLADH A H-AON: TAIGH BOCHD CRUITE AN DÈIDH CHÙIL LODAIR.

Suidhidh Iain is Ruairidh air cathraichean agus Tormod air an làr a' cluich feadan. Tha am màthair, le aparan geal oirre, a' cur bhobhlaichean air a' bhòrd.

MÀTHAIR

Suidhibh a-nall ma-thà. Cuir sin air falbh an-dràsta, a Thormoid. Tha an dinnear deiseil. Faodaidh sibh an uair sin falbh agus maorach a thoirt às an tràigh. Tha mullach reothairt ann an-diugh. Bhiodh madaidhean is muir-sgian glè mhath.

RUAIRIDH

Nach eil sibh fhèin ag ithe idir?

MÀTHAIR

Chan eil an-dràsta a thasgaidh. Coma leat dhìomsa. Sin a' chuid mu dheireadh dhen mholt agus gu dearbha, cha robh e ach caol agus righinn. Gabhaidh mise madadh no dhà nuair a thilleas sibh.

Fosglaidh an doras gu h-obann agus coisichidh an comanndair agus dithis shaighdearan a-steach. Stadaidh a h-uile duine ach Iain agus a chùl ris an doras.

IAIN

Am feum mise a dhol dhan tràigh? Chan eil mi a' faireachdainn ro mhath. Agus cha toigh leamsa maorach co-dhiù. Tha fhios agaibh nach toigh leam maorach.

Chì e càch a' coimhead air a chùlaibh agus tionndaidhidh e.

COMANNDAIR

Siuthadaibh! Ithibh! (ris na saighdearan) Thalla sibhse a-mach an-dràsta! Fuirichibh air an starsaich far an cluinn sibh mi!

RUAIRIDH

Dè tha sibh ... ?

COMANNDAIR

Ist! Suidh! Nach tuirt mi riut do bhiadh ithe.(le gàire) Chan eil fhios cuin a gheibh sibh an ath ghrèim.

MÀTHAIR

Bidh an t-acras oirbh. Tha cuid a' choigrich fhathast sa phoit. An gabh sibh fhèin asnaichean muilt?

COMANNDAIR

Asnaichean muilt! (a' dèanamh gàire agus a' crathadh a chinn.)

MÀTHAIR

Deoch, ma-thà. An còrdadh deoch ribh?

Coimheadaidh an comanndair air falbh agus e a' gàireachdainn. Tha a h-uile duine sàmhach agus na gillean ag ithe.

MÀTHAIR

Tha am blàr seachad ... Tha mi cinnteach gu bheil sibh toilichte ...

COMANNDAIR

Toilichte! (le gàire) Tha am blàr seachad ceart gu leòr. Tha. Tha am blàr seachad.

MÀTHAIR

Bha mi a' dol a ràdh ...

COMANNDAIR

Toilichte. Chaidh mo bhràthair-sa a mharbhadh aig Cùl Lodair. Mo bhràthair. Tha am blàr seachad agus chaidh mo bhràthair-sa a mharbhadh. Chunnaic mi an claidheamh a' dol tro cheann. 'S tha thusa cinnteach gu bheil mi toilichte.

Tòisichidh Tormod air èirigh bhon bhòrd.

COMANNDAIR
Fuirich far a bheil thu!

TORMOD
Bha mi a' dol a nighe mo làmhan.

Tha an comanndair a' dèanamh gàire.

COMANNDAIR
A' dol a nighe do làmhan? Tha an
t-àm agad. Suidh far a bheil thu!

Tha a h-uile duine sàmhach.

COMANNDAIR
Chunnaic mise an claidheamh a' dol
tro cheann.

MÀTHAIR
Chaidh mo chèile-sa a mharbhadh
cuideachd. Mo ghaol air a chridhe.
Cha robh e ag iarraidh a dhol
ann... Cha robh e airson ar fàgail
an seo ach ... Duine math a bh' ann.
Duine còir.

COMANNDAIR
Seadh, seadh! Cha robh e ag
iarraidh a dhol ann (le gàire,
a' gnogadh a chinn). Bha mo
bhràthair-sa ann an arm an Rìgh.
Cha robh esan ag iarraidh a dhol
ann nas mò. Ach dh'fheumadh esan a
dhol ann. Agus 's e duine math a
bh' ann cuideachd.

MÀIRI
'S iomadh duine math a chaidh a
mharbhadh an latha ud.

IAIN
Cha robh duine againne aig
Cùl Lodair.

COMANNDAIR
Chunnaic mi an claidheamh a' dol
tro cheann.

RUAIRIDH:
Tha thusa nad shuidhe ann an
cathair mo mhàthar. Sin cathair mo
mhàthar.

Chan eil an comanndair ag ràdh dad. Tha Ruairidh ag èirigh
agus e ag iarraidh air a mhàthair suidhe. Tha e a' coimhead
air a' chomanndair fad an t-siubhail. Tha e an uair sin
a' seasamh aig an teine.

IAIN
 (an t-eagal air) Cùl Lodair ... Cha
 robh mise ...

Tha Tormod ag èirigh is a' cur a làmh air a' bhòrd.

TORMOD
 Dè tha thu a' dèanamh an seo mura
 h-eil thu ag iarraidh biadh no
 deoch? Tha againne ri dhol dhan
 tràigh. Bidh an làn ...

COMANNDAIR
 Dè tha mi a' dèanamh an seo?
 Innsidh mi sin dhut. Bha
 d' athair aig Cùl Lodair. Bha
 fhios a'm gun robh. Sin agad dè tha
 gam fhàgail an seo. Le ceartas, bu
 chòir dhomh an triùir agaibh a
 mharbhadh. Sin na h-òrdain a tha
 agam. Ach (gàire eile) a bheil
 fhios agad dè tha mi a' dol a
 dhèanamh?

TORMOD
 Dè?

COMANNDAIR
 Chan eil mi a' dol a mharbhadh ach
 aonan dhibh.

TORMOD
 Cò ma-thà?

COMANNDAIR
 Chan eil fhios agam fhathast.
 Ach ... sin agad e! Innsidh mi
 dhut dè nì sinn. Taghaidh do
 mhàthair e. Sin agad e! (gàire)
 Taghaidh do mhàthair am fear a
 dh'fheumas sinn a mharbhadh. Seo
 a-nis. Faighnich dha do mhàthair.

TORMOD
 Chan eil sin ceart. Chan urrainn
 dhut sin a dhèanamh.

COMANNDAIR
 Cò nach urrainn? (air fàs
 fiadhaich) Nach do mharbh sibhse mo
 bhràthair aig Cùl Lodair? Chunnaic
 mi an claidheamh a' dol tro cheann.

TORMOD
 B' fheàrr dhut a h-uile duine
 againn a mharbhadh.

COMANNDAIR

Och, dh'fhaodadh sin a bhith. Ach chan e an rud as fheàrr leatsa, a bhalaich, a thachras an-diugh idir ach an rud as fheàrr leamsa.

TORMOD

Marbh sinn uile! Siuthad! Sin an t-òrdan a th' agad!

MÀTHAIR

Ist, a ghràidh! Chan eil fhios agad dè tha thu ag ràdh.(ris a' chomanndair) An e sin a tha thu a' dol a dhèanamh gun teagamh?

COMANNDAIR

'S e. 'S fheàrr dhut d' inntinn a dhèanamh suas.

RUAIRIDH

Marbh mise, ma-thà. Marbh mise. Chan eil eagal sam bith agamsa bhuat! Siuthad! Marbh mise!

TORMOD

Chaidh breug innse dhut. Bha aon duine an seo aig Cùl Lodair. Bha mise ann. Is dòcha gur e mise a mharbh do bhràthair.

COMANNDAIR

Seo a-nis! (le gàire) Nach bu tu fhèin am balach!

TORMOD

Seallaidh mi an claidheamh dhut, ma thogras tu. Thiodhlaic mi e nuair a thill mi dhachaigh.

RUAIRIDH

Bha mise aig Cùl Lodair cuideachd. Air m' onair, bha!

COMANNDAIR

An e an fhìrinn a th' aig do bhràithean?

IAIN

'S e. 'S e an fhìrinn a th' aig Tormod.

COMANNDAIR

Agus an aithne dhutsa càit a bheil an claidheamh?

IAIN

'S aithne.

COMANNDAIR

Thalla, ma-thà agus faigh e.

Tha Iain a' falbh a-mach air a shocair agus a' cumail sùil air a' chomann-dair. Cluinnidh tu na saighdearan a' bruidhinn airson treiseag. Tha fear dhe na saighdearan a' tighinn a-steach agus a' bruidhinn ann an sanais ris a' chomann-dair agus an uair sin a' tilleadh a-mach.

TORMOD

Chan eil dad a dh'fhios agad nach e mise a mharbh do bhràthair.

COMANNDAIR

Tha sin ceart. 'S dòcha gura tu. Chan fhaca mise ach cùl an duine. Ach chunnaic mi an claidheamh a' dol tro cheann.

RUAIRIDH

Mise a mharbh e. Tha cuimhn' agam a-nis. Duine beag reamhar, grànda coltach riut fhèin. Mise a mharbh e gun teagamh.

TORMOD

Ist thusa!

Tillidh Iain a-staigh agus an claidheamh aige. Cuiridh e air an làr air beulaibh a' chomann-dair agus tillidh e a shuidhe aig a' bhòrd agus a shùil air a' chomann-dair fad an t-siubhail.

MÀTHAIR

A bheil thu a' dol a dhèanamh seo gun teagamh? Am feum mise ... ?

COMANNDAIR

Feumaidh. Agus greas ort! Chan eil fad an latha agamsa idir. Agus (le gàire) nach eil sibh a' dol dhan tràigh? Bidh an làn a' tighinn a-steach a dh'aithghearr.

TORMOD

Bu chòir dhuinn trì sràbhan fhaighinn. Gheibh sinn trì sràbhan. Chan eil e ceart an taghadh a dhèanamh air dòigh eile.

IAIN

Dè am feum a tha seo a' dol a dhèanamh? Tha am blàr seachad. Tha do bhràthair marbh. Tha m' athair-sa marbh. Dè am feum a tha e a' dol a dhèanamh?

MÀTHAIR

Ist! Nì mise an taghadh.

Coisichidh i a-null agus togaidh i am Bìoball agus i a' dol air a glùinean aig a' chathair. Nuair a dh'èireas i, ruithidh Ruairidh chun a' chomanndair.

RUAIRIDH

Siud an claidheamh agamsa. Mise a mharbh do bhràthair. Bha e reamhar agus grànda coltach riut fhèin.

Tha Màiri a' coiseachd chun a' chomanndair agus am Bìoball ri broilleach.

MÀTHAIR

Tha mi air an taghadh a dhèanamh.

TORMOD

A mhàthair!

RUAIRIDH

Gheibh sinn trì sràbhan. Sin as ...

IAIN

Cha robh aig Cùl Lodair ach m' athair agus Tormod.

Cuiridh Tormod a làimh air gualainn Iain.

TORMOD

Air do shocair Iain. Na leig leis dragh a chur ort.

COMANNDAIR

Cò tha sinn a' dol a mharbhadh ma-thà?

Cha fhreagair i ach coimheadaidh i gu dlùth air Iain.

COMANNDAIR

A bheil thu cinnteach?

Cha chan i smid ach suidhidh i sìos air a cathair agus a sùilean ris an làr. Èighidh an comanndair ris na saighdearan.

COMANNDAIR

Thigibh a-steach. Tha sinn deiseil.

Thig na saighdearan a-steach. Stadaidh iad agus cuiridh iad an làmhan deas gum bonaidean.

COMANNDAIR

Thoiribh leibh am fear meadhanach. Ceangailibh a chasan agus a làmhan.

Cuiridh sibh air a bheul fodha air
an t-sitig e. Agus loisgidh sibh
air le chèile aig an aon àm mu
mhullach a chinn.

Tionndaidhidh iad air falbh bhuaithe. Coisichidh iad a-null
gu Iain agus slaodaidh iad air falbh e. Putaidh Iain
bhuaithe iad agus pògaidh e a mhàthair. Greimichidh iad air
a-rithist agus slaodaidh iad a-mach e.

COMANNDAIR

(a' tionndadh ris an teaghlach)
Guma fada beò an Rìgh!

Dùinidh e an doras. Fuirichidh an teaghlach far a bheil iad
gus an cluinnear brag gunna. Thèid Ruairidh agus Tormod
a-null far a bheil am màthair. Seasaidh Ruairidh air a
cùlaibh is thèid Tormod air a ghlùinean ri a taobh. Tha a
ceann sìos. Cluinnear an t-òran *Mo Rùn Geal Òg (Och a
Theàrlaich Òig Stiùbhairt ...)*



"Aon Fheasgar ..."

Le Pòl MacAonghais

(Dealbh-chluich le Dòmhnall Iain MacIomhair)

SUS

"Aon Fheasgar . . ."
Le Pòl MacAonghais

(Dealbh-chluich le Dòmhnall Iain
MacÌomhair)

Caractaran

TORMOD - GILLE ÒG

MALAG - MÀTHAIR THORMOID

DÒMHNALL RUADH - GILLE ÒG

MÀIRI - NIGHEAN ÒG

EÒGHANN - GILLE ÒG

RUAIRIDH - GILLE ÒG

SEALLADH A H-AON: AIR BLÀR A-MUIGH

Tha Tormod na shuidhe air clach air cùl cruach-mhònach agus coltas gu math muldach air a ghnùis. Tha e a' bruidhinn ris fhèin.

TORMOD

Carson nach eil iad a' tighinn? Dè chanas iad? Dè chanas iad nuair a dh'innseas mi dhaibh? (a' seasamh)
A bheil sgeul air duine fhathast?
Chan eil. Huh! Bidh Dòmhnall Ruadh a' tarraing mo choise mar as àbhaist. Is cinnteach gum bi. Tha e bragail am fear ud. Sin a thuirt Mam co-dhiù. Cha bhi càch a' magadh orm, ge-tà - uill, cha bhi Màiri. Màiri bho chd - tha droch naidheachd ga feitheamh. Bidh truas aice rium. Och, dè tha gan cumail? Obair na croite, tha fhios. (ag èigheach) Greasaibh oirbh!

Tha Tormod ag èirigh agus a' coimhead suas dhan adhar.

TORMOD

Thèid a' ghrian fodha a dh'aithghearr agus bidh e ro dhorch.

Suidhidh Tormod a-rithist. Nochdaidh Malag timcheall oisean na cruaiche.

MALAG

Ò, an ann an sin a tha thu? Feuch nach fhaigh thu fuachd nad shuidhe an sin air do thòin fad an fheasgair. An tug thu a-staigh a' mhòine?

TORMOD

Thug.

MALAG

Cia mheud poca a thug thu a-steach?

TORMOD

Trì.

MALAG

Feuch gum bi sin gu leòr ma-tà. Tha fuine agamsa ri dhèanamh a' chiad char sa mhadainn. Cuimhnich gu bheil agad ris a' chrodh a thoirt dhachaigh. Agus ma dh'fheumas mise tighinn gad lorg, thoir an aire . . 'Eil dad ceàrr ort? Tha thu a' coimhead gu math stùirceach.

TORMOD

Chan eil.

MALAG

Chan eil fhios agamsa. Clann an latha an-diugh . . .

Tha Malag a' falbh. Tha Tormod a' cluinntinn fuaim chàich agus iad a' tighinn. Tha e ag èirigh bhon chloich. Tha càch a' bocadaich agus ag èigheach.

MÀIRI

Hai a Thorm . . . Dè tha ceàrr?

TORMOD

Chan eil fhios agam ciamar a chanas mi e.

MÀIRI

Och, inns dhuinn a Thormoid. Dè idir a tha a' cur dragh ort?

TORMOD

Bhàsaich Susanna!

DÒMHNALL RUADH

Cha do bhàsaich!

TORMOD

Bhàsaich. Chaidh mi a-mach a choimhead oirre cho luath 's a thàinig mi às an sgoil 's cha robh sgeul oirre. Choimhead mi an uair sin shìos os cionn a' chladaich agus fhuair mi i . . . marbh.

RUAIRIDH

Och Susanna bho chd. Bha i mar bhall den sgioba againn, nach robh?

MÀIRI

Bha gu dearbha. An ann an-uiridh a fhuair thu i bho bhean a' chìobair, a Thormoid?

TORMOD

'S ann. Tha sin ceart. Chuir sinn seachad bliadhna air leth toilichte còmhla ...

DÒMHNALL RUADH

Aidh. Mar a tha an ùine a' dol seachad. 'S iomadh gàire a thug i oirnn.

EÒGHANN

(a' feuchainn gun a bhith a' caoineadh) 'Eil cuimhn' agad mar a dh'itheadh i às ar làmhnan?

MÀIRI

'S mar a leanadh i a-steach dhan arbhar sinn.

TORMOD

Tha. Agus nuair a bhiomaid a' deasbad ...

DÒMHNALL RUADH

No ag argamaid ...

TORMOD

Bhiomaid a' faighneachd airson beachd Susanna. Bhiodh car na ceann mar gum biodh i ag èisteachd rinn.

DÒMHNALL RUADH

Tha e doirbh a chreidsinn nach dèan i sin tuilleadh.

MÀIRI

An truaghag!

EÒGHANN

Creutair beag bochd.

DÒMHNALL RUADH

Saoil an e cù a rinn e?

TORMOD

Cha b' e. Cha do bhoìn dad dhi. Cha do rinn i ach ... ach bàsachadh.

RUAIRIDH

(a' crathadh a chinn) Thachair an aon rud dha mo sheanair fhèin.

EÒGHANN

Feumar a tiodhlacadh ma-tà, agus a
tiodhlacadh gu dòigheil. Bha i
airidh air.

Aomaidh companaich Thormoid uile an cinn ann an aonta ...

TORMOD

Thugainnibh, a chàirdean. Bidh
sibh airson a faicinn, tha mi
a' creidsinn.

MÀIRI

Uill ... led chead a Thormoid. Tha
mi a' smaoineachadh gun dèanadh e
feum dhomh.

RUAIRIDH

Tha sinn uile air buille chruaidh
fhulang.

Tha iad a' leantainn Thormoid gu slaodach, sòlamaichte.

SEALLADH A DHÀ: AIG A' CHLADACH.

Tha closach Susanna na laighe air a' mhachair os cionn
a' chladaich.

MÀIRI

Ò, an truaghag! An tunnag as
laghaiche a ghluais air dà chois
a-riamh.

DÒMHNALL RUADH

Uill, mas math mo chuimhne chan eil
sin buileach ceart a Mhàiri.
'S ann a bha i a-riamh caran
cuagach air a casan.

MÀIRI

(a' caoineadh) Ach bha sin mar
phàirt dhen tarraing a bha innte.

TORMOD

Sin thu, a Mhàiri, tha thu ceart gu
leòr a-nise. Is math gun tug sinn
leinn spaid bho cheann na cruaike.
Gabhaidh sinn greis mu seach
a' cladhach an tuill, ceart?

DÒMHNALL RUADH

Bhiodh e mar urram dhomh.

RUAIRIDH

Chan fhaic sinn a leithid gu bràth
tuilleadh.

EÒGHANN

Cò a leagas closach Susanna don ùir?

TORMOD

Tha mise a' smaoinichadh gum bu chòir Màiri sin a dhèanamh. Am biodh tu deònach, a Mhàiri?

MÀIRI

Bhitheadh, muladach 's gu bheil mi.

DÒMHNALL RUADH

Am bu chòir dhuinn salm a sheinn?

Tha iad uile nan tost airson diog agus an uair sin tha iad a' coimhead air Dòmhnall Ruadh le uabhas.

TORMOD

(ag osnaich) Sin mar a thachras daonnan. Feumaidh cuideigin a' mhòmaid a mhilleadh.

DÒMHNALL RUADH

Och bi sàmhach! Na gabh san t-sròin idir e! Tha seo doirbh dhòmhsa cuideachd.

An dèidh do Shusanna a bhith air a tiodhlacadh, seasaidh iad uile gun fhacal car greiseig.

MÀIRI

Nach dèan sinn crois?

UILE

Nì gu dearbha.

TORMOD

Siuthad thusa, Eòghainn, tog ort gu bàta Chaluim aig a' phort. Bha e a' leaghadh teàrr an-diugh agus bidh na h-èibhleagan fhathast teth. Teasaich an t-iarann a bha aige agus thoir thugainn e. Lorgaidh mi fhìn is Ruairidh maidean.

Tha Tormod agus Ruairidh a' dèanamh crois le dà bhioran. Tillidh Eòghann leis an iarann theth.

EÒGHANN

Dè tha thu a' dol a sgrìobhadh?

TORMOD

Chan eil mi cinnteach. Is dòcha, "Mar chuimhneachan air Susanna, an tunnag a b' fheàrr a bha ann a-riamh."

DÒMHNALL RUADH

Gu sealladh orm! Nach dèan an
t-ainm aice an gnothach leis fhèin?

EÒGHANN

Nì. Greas ort! Tha an t-iarann
a' fàs fuar.

Tha Tormod a' tòiseachadh air ainm na tunnaige a sgrìobhadh
sa mhaide.

TORMOD

Crois! Tha e air fàs fuar gun
teagamh. Cha deach agam ach air SUS
a sgrìobhadh.

DÒMHNALL RUADH

Nach dèan sin fhèin a' chùis?

EÒGHANN

Tha mi a' smaoinachadh gun dèan.
Tuigidh sinne cò a th' ann. Agus
chan urrainn dhomh a bhith air mo
bhodraigeadh cuairt eile a ghabhail
chun a' chidhe.

Cluinnear guth feargach air an cùlaibh. Seo Malag a' tighinn
agus coltas fiadhaich oirre.

MALAG

(ag èigheach) Dè a' chladhach 's an
ruamhar a tha seo? Sguiribh dheth
dìreach sa mhionaid! Agus thusa ...
amadain ghràinde, gabh dhachaigh
agus gheibh thu bhuamsa e nuair a
ruigeas tu. Tha mise air a bhith
gad shiubhal thall 's a-bhos, gun
fhios agam càite fon ghrèin an robh
thu. Nach tuirt mi riut gum feumadh
tu an crodh a thoirt dhachaigh, ach
an àite sin tha thu an sàs ann an
amaideas den t-seòrsa seo. Gu
sealladh orm - dè an t-olc a tha
seo?

Pronnaidh Malag a' chrois fo a casan.

TORMOD

A mhàthair, sguiribh dheth. Susanna
bhochd. Cha dèanadh ise sin
oirbhse.

MALAG

Tunnag a bh' innte! Tunnag - eun
gun fheum. Tuigsinn?

Tha a' chlann eile a' dèanamh deiseil airson falbh.

TORMOD

Oidhche mhath, a chàirdean. Mòran
taing airson ur taic.

UILE

Oidhche mhath, a Thormoid.

MÀIRI

Gabh air do shocair a-nise a
Thormoid. Bheir e ùine ...

Falbhaidh a' chlann eile.

MALAG

(ri Tormod) Gabh dhachaigh sa
mhionaid agus chan eil mi airson an
còrr a chluinntinn mun seo,
tuigsinn?

Falbhaidh Malag agus coltas fiadhaich oirre.

TORMOD

(a' crathadh a' chinn) Air
m' onair. Abair aineolas!
'S iomadh rud nach eil daoine
a' tuigsinn nuair a thig iad gu aois.

Coimheadaidh Tormod air uaigh Susanna mus fhalbh e.

BÒRD DO DHEICHNEAR

Le Dòmhnall Iain MacIomhair

*(Stèidhichte air Bòrd do Dheichnear,
sgeulachd ghoirid le Dòmhnall Iain MacIomhair)*



Bòrd do Dheichnear
Le
Dòmhnall Iain MacÌomhair

(Stèidhichte air Bòrd do Dheichnear,
sgeulachd ghoirid le Dòmhnall Iain
MacÌomhair)

Caractaran

MURCHADH - AIR CHLUAINIDH BHO BT
ISEABAIL - AIR CHLUAINIDH BHO BHITH NA
NURS

JUSTIN - FEAR-GNOTHAICH AIG A BHEIL
BÙTHAN-AODAICH

ELIZABETH - BOIREANNACH GUN OBAIR

MAIREAD - A BHA AG OBAIR ANN AM BÙTH
LEABHRAICHEAN

DAIBHIDH - AIR CHLUAINIDH BHO BHITH NA
PHOST

BARTHOLEMEW (BART) - SEIRBHEISEACH
CATHARRA

GEORGINA - CUNNTAIR ANN AM BANCA

BILL - DOTAIR

JILL - TIDSEAR

MARCAS - GILLE-FRITHEALaidH ÀISIANACH

SEINNEADAIR (GUTH)

GLAODHAIRE (GUTH)

SEALLADH A H-AON: SEÒMAR-BIDH AIR BÀTA CÙRSA-MARA.

Tha Murchadh agus Iseabail nan suidhe aig bòrd san
t-seòmar-bìdh sa bhàta. Tha ochd cathraichean falamh eile aig
a' bhòrd. Tha am bòrd air a sgeadachadh gu grinn.

MURCHADH

Feumaidh gu bheil sinn tràth. Ach
cha bhi càch fada gun tighinn.
Seall fhèin air na bùird a tha seo!
Tha iad eireachdail fhèin. Tha an
t-acras orm dìreach gan coimhead.

ISEABAIL

Agus smaoinich air an t-seòmar a
fhuair sinn. A h-uile càil cho
snasail. Am faca tu seòmar-ionnlaid
a-riamh coltach ri siud? Gu
dearbha, 's ann a tha leisg ormsa
suidhe air a' phana! Tha a h-uile
càil cho gleansach 's cho spaideil.

MURCHADH

Ò, tha. Is e *Global Princess* a th' innte gun teagamh. Thug iad deagh ainm oirre.

ISEABAIL

A bheil thu toilichte gun tàinig sinn, a Murchaidh?

MURCHADH

Toilichte dha-rìribh, Iseabail - ged a bha teagamhan gu leòr agam. Chan eil fios cò bhios còmhla rinn aig a' bhòrd. Ach tha mi cinnteach gun cuir sinn eòlas orra. 'S math a rinn thu nuair a thug thu a-mach am poileasaidh. Bha dùil agamsa gur dòcha gum faighinn càr ùr leis an airgead - *BMW* no *Audi* no rudeigin...

ISEABAIL

Thu fhèin 's do chàraichean! Dè tha ceàrr air an *Astra* a th' agad an-dràsta?

MURCHADH

Chan eil càil ach tha e a' fàs aosta, coltach rium fhìn. Fhuair e tron *MOT* air èiginn - rud nach fhaighinn-sa! Eil cuimhn' agad gun robh bhanaichean *Astra* aig *BT*? Bha iad glè mhath cuideachd.

ISEABAIL

Uill, cùm do ghòraiche agad fhèin! Na bi bruidhinn air bhanaichean *BT* aig a' bhòrd.

MURCHADH

Socair, socair. Tha sluagh a' taomadh a-steach.

Thig mòran dhaoine don t-seòmar-bìdh, agus thig ochdnar dhiubh sin chun a' bhùird aig a bheil Murchadh agus Iseabail nan suidhe. Beag air bheag, lorgaidh iad uile àite aig a' bhòrd.

ISEABAIL

Feasgar math, a chàirdean.

CÀCH

Feasgar math.

ISEABAIL

Is mise Iseabail.

MURCHADH

'S e Murchadh a th' aca orm.

JUSTIN

Is mise Justin.

ELIZABETH

Thug mo phàrantan Elizabeth ormsa - ainm mo sheanmhar.

MAIREAD

Mairead a tha ormsa.

DAIBHIDH

Is mise Daibhidh.

BART

Bartholemew a tha ormsa - ainm uabhasach - Bart a bhios aig mo charaidean orm. Bart a bhios agaibhse orm. Tha mi an dòchas co-dhiù.

GEORGINA

Georgina.

BILL

Uilleam a thug iad orm - ach 's fheàrr leam Bill.

JILL

Is mise Jill - chan eil fios agam carson nach do phòs mi fear air an robh Seoc!

Thig Marcas chun a' bhùird. Bheir e cairt-bìdh dhaibh uile.

MARCAS

Bidh mise gur frithealadh fad na seachdain. A-nise, dè a bu mhiann leibh ri òl? Fìon? Uisge?

JUSTIN

Ò uill, cha chreid mi gun diùltadh duine againn glainne fìon agus sinn uile air saor-làithean, dè?

An ceann greis, thig Marcas le sgàl air a bheil fìon is uisge.

BART

Agus dè an obair a th' agad fhèin, a Mhurchaidh?

MURCHADH

Tha mise air mo dhreuchd a leigeil seachad. Chuir mi bliadhnaichean mòra seachad ag obair aig *BT*. Shaoil mi gun robh thède agam sgur, agus sin a tha gam fhàgail an seo.

Agus bha Iseabail na nurs ann an ospadal mòr fad iomadh bliadhna. Tha sinn le chèile a-nise air chluainidh. Agus dè mu do dheidhinn fhèin, Bart?

BART

Tha mise fhathast ag obair. Tha mi san t-Seirbheis Chatharra.

ISEABAIL

Tha fhios gu bheil sin gu math inntinneach.

BART

Tha gu dearbha. Dh'fhaodadh tu a ràdh gur sinne a tha a' ruith na dùthcha, le beagan taic bhon riaghaltas.(a' gàireachdainn)

JILL

Gu dearbha, tha thu coltach ri Seirbheiseach Catharra! Seall ort - led sheacaid, led bhriogais fhada is led thàidh. Na fir eile an seo ann am briogais ghoirid ... ged nach eireachdail an cuid chasan.

Nì na boireannaich gàire fhad 's a tha na fir a' coimhead air an cuid chasan.

BART

(a' seasamh) Dè tha ceàrr air m' aodach? Cò aig a tha fios cuin a chuireas am PM fòn thugam? Co-dhiù, bidh Georgina ag ràdh rium gu bheil mo chasan ro chaol airson briogais ghoirid. Aidh, am PM. 'S tric a bhios e a' faighneachd airson comhairle, an duine bochd. Ach, a bheil fios agaibh gum bi am Prìomh Mhinistear agus an caibineat gu tric ag argamaid? Abair gu bheil seoba aige - a' dol gu Lùchairt Bhuckingham gach seachdain, agus sin ann an *Jaguar* cuideachd.

ELIZABETH

An dùil am bi a' bhanrigh a' dèanamh cupa tì dha?

BART

(a' suidhe a-rithist) Ò, cha bhi e ag innse sin dhuinn.

MURCHADH

Tha amharas agam nach biodh dad a dh'fhios aig a' bhanrigh ciamar a dhèanadh i cupa tì!

ISEABAIL

Cùm do bheachdan agad fhèin a Mhurchaidh, air eagal is gun tèid mo nàrachadh. Agus, a Mhairead, a bheil thusa fhathast ag obair?

MAIREAD

Chan eil. B' àbhaist dhomh a bhith ag obair ann am bùth leabhraichean.

BILL

Sgeulachdan gu leòr agad, tha mi cinnteach.

MAIREAD

Bha iarraidh mhòr air leabhraichean gaoil Mills and Boon, gu h-àraid le cailleachan.

JILL

Cailleachan?

MAIREAD

Seadh. Is dòcha gun robh iad a' sireadh òige - no gaol. Ach tha cuimhne agam air dithis a thàinig a-steach don bhùth - fear is tè. Dh'fhaighnich iad an robh leabhar againn mu bhith a' dèanamh òraidean. Bha esan, fear air an robh Wolfgang Dòmhnallach, a' dol a dhèanamh òraid aig banais a mhic. Mu dheireadh, thagh iad leabhar air an robh *Wedding Bloomers*.

MURCHADH

Deagh ainm! Deagh ainm! Deagh leabhar! Airson caochladh adhbharan!

ISEABAIL

A Mhurchaidh, nach tuirt mi riut? Jill, tha fios gun robh dreuchd agadsa cuideachd.

JILL

Bha, agus tha.

ISEABAIL

Agus dè bha sin?

JILL

Is e tidsear a th' annamsa. Tidsear eachdraidh. Obair inntinneach, mura bitheadh na sgoilearan crosta anns na clasaichean agam.

ISEABAIL

Eachdraidh?

JILL

Seadh, eachdraidh. Cogaidhean, teaghlaichean rìoghail, ceartas is ana-cheartas tro na linntean ...

GEORGINA

Agus nam b' urrainn dhut a dhol air ais ann an eachdraidh, càit an lùigeadh tu a bhith?

JILL

Linn nan Ròmanach. Daoine foghainteach. Daoine sgairteil. Daoine innleachdach.

JUSTIN

Gun teagamh. Ach is iongantach gun robh soithichean mar *Global Princess* air bhog anns na làithean sin!

Tha Marcas a' tighinn chun a' bhùird le biadh don a h-uile duine.

MARCAS

Tha min dòchas gun còrd ur biadh ribh uile.

MURCHADH

Gu cinnteach, cha robh. Seall am biadh a tha seo - pasta, glasraich, feòil. Ach càit a bheil na maragan? Chan eil càil coltach ri marag dhubh air a deagh ròstadh! Agus nach iad a tha spìocach leis a' bhuntàta!

ISEABAIL

(a' cagar) Bheir mi dhut aon chothrom eile a bhith modhail no glasaidh mi sa chèaban thu!

MURCHADH

Ach tha mi dìreach a' feuchainn ri bhith modhail agus a bhith a' còmhradh ris a h-uile duine. A Dhaibhidh, tha thu air a bhith uabhasach sàmhach.

DAIBHIDH

Bha mise nam phost.

JUSTIN

Siuthad, ma-tà. Inns dhuinn!

MAIREAD

Inns dhaibh, a Dhaibhidh!

DAIBHIDH

Bhiodh cuid ag ràdh gun robh mo shròn a' cur dragh orm. Bhithinn a' leughadh nan cairtean a bhiodh daoine a' cur gu chèile nuair a bhiodh iad air saor-làithean. Mar eisimpleir, nuair a mheall Anna Somhairle agus i air falbh san Spàinn, cha robh Somhairle idir air a dhòigh. An ath rud, nach d' fhuair e airgead mòr bhon Chrannchur Nàiseanta, ach cha tug e sgillinn ruadh dhi.

ELIZABETH

Am blai geard!

JILL

An dearbh bhlaigeard!

DAIBHIDH

Cairt eile, agus thuirt Barabal ri Seumas gun robh gaol aice air. Bha i an dòchas nach fhaiceadh bean Sheumais a' chairt. Dè b' urrainn dhomh a dhèanamh ach a' chairt a thoirt don dearbh leadaidh is i a' feitheamh ris na litrichean aig an doras!

JILL

Barabal bhochd.

JUSTIN

Seumas bochd. Chuireadh sin an ceòl air feadh na fìdhle!

ELIZABETH

Tha sreath bhùthan aig Justin. Sreath bhùthan a bhios a' reic aodach bhoireannach. Gach fasan ùr gan reic mar a nochdas iad.

ISEABAIL

Ò, Elizabeth, 's ann agam a tha farmad riut. Bùthan le aodach bhoireannach. Feumaidh gu bheil cothrom gu leòr agad air aodach nuair a bhios tu ga iarraidh.

Nuair a bha mise nam nurs, cha robh mo thuarastal a' ruighinn air dreasaichean no air brògan eireachdail. Ach gheibh thusa aodach sam bith a bhios tu ag iarraidh. Nach buidhe dhut!

ELIZABETH

Huh! Na bi cho cinnteach!

JILL

An e gu bheil e spìocach leis an aodach?

Tha Justin a' tionndadh ri Elizabeth agus a' toirt droch shùil oirre.

JUSTIN

Cha robh càil a dhìth ortsa a-riamh bho phòs sinn. Tha mise a' cumail aodach bhoireannach airson a reic, 's chan ann airson a thoirt seachad.

ELIZABETH

Huh!

ISEABAIL

Cha chuala sinn fhathast mun obair a tha aig Bill. Dè tha thu a' dèanamh, Bill? Gheibh sinn a-mach mu Georgina an ceartuair.

BILL

'S e dotair a th' annamsa.

MURCHADH

Gu dearbha, cha b' urrainn dhòmhsa a bhith nam dhotair. Co-dhiù, chan eil foghlam gu leòr agam, agus bhiodh e doirbh obrachadh a-mach uaireannan dè tha ceàrr air daoine.

ISEABAIL

Nach dùin thu do chab. Chan eil e doirbh obrachadh a-mach dè tha ceàrr ortsa. Na òl an còrr a-nise no nì thu amadan dhìot fhèin.

BILL

Is iomadh sgeulachd a dh'fhaodainn innse. Tha cuimhne agam air aon duine a thàinig thugam agus e a' gearain gun robh a chas goirt. Rannsaich mi agus rinn mi sgrùdadh, ach cha lorgainn càil ceàrr sa chois. Thuirt mi ris an duine nach robh ann ach an aois.

GEORGINA

Ach tha fhios gun robh thu glè
cheart.

BILL

Bha, ach cha robh e idir riarichte
agus cheasnaich e mi. Thuir e nach
b' e dotair glè mhath a bh' annam,
a' faighneachd carson nach robh
pian sa chois eile, oir bha i air a
bhith aige a cheart cho fada ris an
tè san robh am pian!

ISEABAIL

Ach, cha tig an aois leatha fhèin,
gu dearbh. Inns dhuinn tè eile
nuair a chluinneas sinn mu
Georgina.

Thig Marcas chun a' bhùird agus sgioblaichidh e na
soithichean agus an uidheam-ithe.

MARCAS

An do chòrd am biadh ribh?

UILE

Chòrd. Bha e math fhèin.

MARCAS

Ach chan eil am feasgar seachad
fhathast.

ISEABAIL

Nach eil? Dè eile a tha gu bhith
a' tachairt?

MARCAS

Ò, chì sibh.

Falbhaidh Marcas le ultach de thruinnsearan.

ISEABAIL

Bha thu a' dol a dh'innse dhuinn,
Georgina.

GEORGINA

Ò, bha.

MURCHADH

Siuthad, ma-tà.

GEORGINA

Tha mise ag obair ann am banca. Is
e cunntair a tha annam. Coinnichidh
mi ri daoine de gach seòrsa nam
obair.

Chan eil e an-còmhnaidh furasta a bhith a' dèiligeadh ri daoine ach tachraidh rudan èibhinn cuideachd.

MURCHADH

A leithid?

GEORGINA

Uill, tha cuid de rudan nach urrainn dhomh innse. Ach aon latha, thàinig boireannach a-steach agus i ag iarraidh airgead a thoirt a-mach. Dh'fhaighnich mi don bhoireannach an robh rudeigin aice a dhearbhadh gur i a bh' ann mus tugainn dhi an t-airgead.

JILL

Sin an saoghal anns a bheil sinn beò. Agus?

GEORGINA

Is e an fhìrinn a th' agad. Ach co-dhiù, thòisich am boireannach a' rùrach na бага, agus mu dheireadh thug i sgàthan beag a-mach às a' bhaga. Sheall i ri a h-aodann san sgàthan, agus thuirt i rium gur i, gu dearbha, a bh' ann. Thuirt i gun aithnicheadh i a h-aodann fhèin an àite sam bith.

BILL

Agus an tug thu dhi an t-airgead?

GEORGINA

Uill, cha robh còir agam ach cha do dh'fhàg i am banca le sporan falamh.

MURCHADH

Mo bheannachd ort!

Cluinnear ceòl, ged nach fhaicear an seinneadair.

GUTH

(a' seinn) Ò, thèid mi fhìn le mo ghaol air a' chùrsa,
's ge bith dè a thachras is sinne nach bi tùrsach,
dannsaidh sinn fad oidhche le sgailc a bhios lùthmhor,
is fhathast anns a' mhadainn bidh sinn dòigheil.

ISEABAIL

A Mhurchaidh, an cuala tu siud? Tha an seinneadair ud a' seinn ann an Gàidhlig dhuinn. Tha beagan den chianalas orm.

MURCHADH

Ist, òinsich, cha robh e ach a' cluich CD agus a' mìmeadh nam briathran.

ISEABAIL

Uill. Smaoinich. Òran Gàidhlig air druim a' chuain mhòir. Saoil am bi cothrom againn air Karaoke. Fhuair Murchadh an treas duais aig a' Mhòd nuair a bha e òg.

MURCHADH

Nach ist thu no bidh an dithis againn air ar maslachadh. Karaoke gu dearbh!

DAIBHIDH

Tha e a' fàs dorch. Tha a' ghaoth ag èirigh. Tha mi a' cluinntinn sluaisreadh nan tonn air cliathaich a' bhàta.

ELIZABETH

Is beag orm sin. Bha eagal orm a-riamh ro chur-na-mara.

ISEABAIL

Tha e follaiseach nach robh sibhse a-riamh air a' Chuan Sgìth ann an droch shìde.

JUSTIN

(ri Elizabeth) Cuimhnich gu bheil dotair agus nurs aig a' bhòrd seo, agus is iongantach mur smaoinich sinn air leigheas air choreigin ma chuireas a' mhuir oirbh.

ELIZABETH

Tha mo stamag a' tulgadh coltach ris a' bhàta. Sia làithean eile 's bidh mi tioram air tìr.

BART

A-màireach, tha e coltach gu bheil sinn a' dol a thadhal air eilean beag iomallach sa chuan.

JILL

Math dha-rìribh. Bidh eachdraidh gar quartachadh an sin.

SEALLADH A DHÀ: AN ATH FHEASGAR.

Tha sluagh san t-seòmar-bìdh. Chan eil neach aig bòrd an deichnear.

GLAODHAIRE

Gabhaibh mo leisgeul. Cha do thill deichnear luchd-turais bhon chuairt a ghabh sibh uile don eilean iomallach an-diugh. Dh'fhuirich sinn dà uair a thìde riutha, agus mu dheireadh b' fheudar dhuinn togail oirnn às an aonais. Tha clàr gu math teann againn agus feumaidh sinn cumail ris. Cumaidh sinn fios thugaibh mun deichnear a chaidh air chall agus tha sinn an dòchas, ge b' e càit a bheil iad, gu bheil iad sàbhailte. Tha sinn an dòchas gun còrd ur dinnear ribh uile. Beannachd leibh.

Cluinnear guth Elizabeth a' seinn, fad às.

ELIZABETH

Is truagh nach do dh'fhuirich mi tioram air tìr,
An fhìrinn a th' agam nach maraiche mì,
Is truagh nach do dh' fhuirich mi tioram air tìr -
Rim mhaireann cha till mis' a sheòladh.



MURCHADH

(fad air falbh) Uill, aon rud cinnteach, chan fhaigheadh ise duais aig Mòd no Mòd!

ISEABAIL

(fad air falbh) A Mhurchaidh, nach tuirt mi riut?

Cafaidh Ranji



Le Dòmhnall Iain MacIomhair
(Stèidhichte air an sgeulachd
ghoirid, Cafaidh Ranji le
Dòmhnall Iain MacIomhair)

Enjoy Cocoa



Cafaidh Ranji
Le
Dòmhnall Iain MacÌomhair

(Stèidhichte air an sgeulachd ghoirid,
Cafaidh Ranji le Dòmhnall Iain
MacÌomhair)

Caractaran

RANJI - GILLE MU SHEACHD BLIADHNA DEUG

MISS MACDUFF - NEACH-TEAGAISG

SWAHIR - ATHAIR RANJI

INDIRA - MÀTHAIR RANJI

DÙGHALL MAC AN ABA - BODACH À
TOBH TABOST

EILIDH NIC AN ABA - BEAN DHÙGHAILL

CEIT DHÒMHNALLACH - SGOILEAR A BHA
CÒMHLA RI RANJI SAN SGOIL

UILLEAM BREWSTER - SGOILEAR A BHA
CÒMHLA RI RANJI SAN SGOIL

MURCHADH PEUTAN - SGOILEAR A BHA
CÒMHLA RI RANJI SAN SGOIL

SIÙSAIDH CHAMSHRON - SGOILEAR A BHA
CÒMHLA RI RANJI SAN SGOIL

TORMOD BELL - SGOILEAR A BHA CÒMHLA RI
RANJI SAN SGOIL

BELLA - NIGHEAN-SGOILE

STELLA - NIGHEAN-SGOILE

FINELLA - NIGHEAN-SGOILE

CAILEAN - BALACH-SGOILE

AILEAN - BALACH-SGOILE

POILEAS

BAN-PHOILEAS

SEALLADH A H-AON: FEASGAR PHÀRANTAN ANN AN SGOIL THOBHTABOIST

Tha Swahir agus Indira air tighinn dhan t-seòmar-sgoile aig
Miss MacDuff airson fiosrachadh fhaighinn mu adhartas Ranji.

MISS MACDUFF

Feasgar math, a chàirdean. Ciamar
a tha sibh a-nochd? Tha i rudeigin
fuar a-muigh.

Tha Swahir agus Indira a' suidhe sìos mu choinneamh an

neach-teagaisg.

SWAHIR

Tha gu dearbha. Ach dh'fhaodadh gun tig samhradh fhathast.

MISS MACDUFF

Nise, tha fhios gu bheil sibh airson faighinn a-mach ciamar a tha Ranji a' dèanamh san sgoil.

INDIRA

Tha, mas e ur toil e.

MISS MACDUFF

Uill, tha e a' dèanamh gu snog. Abair Gàidhlig mhath. Tha e cho fileanta ri duine san àite. Tha e dìreach a' sealltainn dhut - togaidh iad Gàidhlig ge b' oil leotha, ma tha iad air an deagh theagasg. Ach tha ceann math, math air Ranji cuideachd.

SWAHIR

Tapadh leibh, Miss MacDuff. Tha sibh gu math coibhneil.

MISS MACDUFF

Tha mise gu math moiteil gu bheil mi nam bhall dhen sgioba a tha ag adhartachadh foghlam anns an sgìre seo. Agus tha mi an dòchas gun soirbhich le Ranji nuair a thèid e dhan oilthigh.

SWAHIR

Oilthigh! Chan eil iarraidh sam bith aige an t-eilean seo fhàgail. Tha e fhèin ag ràdh nach tèid e faisg air oilthigh no colaiste.

MISS MACDUFF

Ò, mo chreach, carson? Tha e cho comasach. Ach suidhidh e na Highers aige, ge-tà?

INDIRA

Ò, suidhidh. Ach chan eil ach dà Higher a dhìth air.

MISS MACDUFF

Agus dè an fheadhainn a tha sin?

INDIRA

Tha Gàidhlig agus Eaconamas Dachaidh.

MISS MACDUFF

Ach dè nì Ranji le Gàidhlig agus
Eaconamas Dachaigh?

INDIRA

Ò, air m' onair, tha mo chridhe
briste leis.

SWAHIR

Is dòcha nach creid sibh seo - ach
bu mhiann leis cafaidh fhosgladh
ann an Tobhtabost nuair a dh'fhàgas
e an sgoil.

INDIRA

Cafaidh le soidhnichean Gàidhlig,
far am faod muinntir Thobhtaboist a
thighinn 's gun gabh iad teatha no
cofaidh no deochan no uachdar-
reòite.

MISS MACDUFF

Ach feumaidh e àite fhaighinn
airson an cafaidh fhosgladh.

SWAHIR

Uill, mas e sin a tha e ag
iarraidh, ceannaichidh sinne
togalach dha agus cuiridh sinn
uidheam ann. Ach thigeadh sibhse
dhan chafaidh nuair a dh'fhosglas e
agus gheibh sibh cupa teatha an
asgaidh.

MISS MACDUFF

Tha sin air leth coibhneil. Ach bu
mhòr am beud nach leanadh e ris an
fhoghlam. Tha mi cinnteach gum
faigh e an dà Higher a tha e
a' miannachadh - agus feadhainn
eile cuideachd.

Èiridh Swahir agus Indira agus èiridh Miss MacDuff beagan às
an dèidh.

MISS MACDUFF

Thuirt mi cheana, is e gille
comasach a th' ann. 'S dòcha gun
atharraich e inntinn fhathast.

SWAHIR

Droch sheans! Ach chì sinn sibh
nuair a dh'fhosglas Ranji an
cafaidh. Mar sin leibh an-dràsta.

SEALLADH A DHÀ: A-STAIGH ANN AN CAFAIDH RANJI

Tha an cafaidh a' lìonadh le daoine. Tha Ranji agus athair 's a mhàthair trang gam frithealadh. Thig Eilidh agus Dùghall Mac an Aba a-steach agus suidhidh iad aig bòrd ris an uinneig. Thig Miss MacDuff a-steach agus suidhidh i aig bòrd eile. Tha Ranji a' dol gu bòrd Dhùghaill.

RANJI

Fàilt' oirbh! Dè nì mi dhuibh?

DÙGHALL

(ri Eilidh) Dè ghabhas sinn?

EILIDH

Gabhaidh mise cupan teatha agus sgonna.

DÙGHALL

Ceart. Dà chupan teatha le sgonna.

RANJI

Ceart gu leòr. Cha bhi mi mionaid.

Ann an tiotan, bheir Ranji an teatha agus na sgonnaichean chun a' bhùird. Beiridh an cupall air làimh air a chèile, dùinidh Dùghall a shùilean agus nì e altachadh.

DÙGHALL

(a' gabhail an altachaidh) Taing dhut airson nan tiodhlacan a chuir Thu air a' bhòrd seo far comhair agus a chaidh ullachadh led làmhan gràs-mhor fhèin. Beannaich an teatha agus beannaich na sgonnaichean. Beannaich an t-ionad ùr seo a dh'ullaich Thu. Amen.

EILIDH

Amen.

RANJI

Fuirichibh mionaid! Chuala mise siud. Chan eil mi airson a bhith mì-mhodhail ach mise a dh'ullaich an teatha agus na sgonnaichean. Mise agus m' athair 's mo mhàthair a dh'ullaich an t-ionad ùr seo. Agus chan e tiodhlacan a tha agaibh idir - feumaidh sibh pàigheadh mus fhalbh sibh. Chan fhaighear na seirbheisean seo an-asgaidh. Tha mi an dòchas gun còrd ur blasad-bìdh ribh.

INDIRA

Ranji, tha tòrr agad ri ionnsachadh mu chleachdaidhean a' bhaile.

Na dèan sin tuilleadh no cha tig
duine faisg air an àite.

Thèid Ranji chun a' bhùird far a bheil Miss MacDuff na
suidhe.

MISS MACDUFF

Tha mi toilichte d' fhaicinn
a-rithist, a Ranji.

RANJI

Tha mise toilichte sibhse fhaicinn.
Dè ghabhas sibh?

MISS MACDUFF

Bhiodh glainne còc glè mhath. Is
toigh leam còc.

Thèid Ranji a dh'iarraidh còc do Mhiss MacDuff. Smèididh
Swahir ri Ranji.

SWAHIR

Thuirt sinn ri Miss MacDuff aig
Coinneamh nam Pàrantan mus do
dh'fhàg thu an sgoil gum faigheadh
i cupa teatha an asgaidh a' chiad
turas a thigeadh i dhan chafaidh.
Mar sin, na iarr airgead oirre.

RANJI

Gu sealladh orm, cuiridh sibh gu
Bòrd nam Bochd mi.

Bheir Ranji an còc do Mhiss MacDuff.

MISS MACDUFF

Mòran taing, a Ranji.

RANJI

Tha sin saor 's an asgaidh dhuibh.
Tha mi an dòchas gun còrd e ribh.

MISS MACDUFF

Taing. Taing mhòr. Tha sin glè
choibhneil.

Thig còignear a bha còmhla ri Ranji sa chlas Ghàidhlig
a-steach: Ceit Dhòmhnallach, Uilleam Brewster, Murchadh
Peutan, Siùsaidh Chamshron agus Tormod Bell. Thèid Ranji gam
frithealadh.

RANJI

Uill, nach math ur faicinn? Dè
gheibh mi dhuibh?

CEIT DHÒMHNALLACH

Ciamar a tha thu? Gabhaidh mise
còc.

UILLEAM BREWSTER
Còc dhòmhsa cuideachd.

MURCHADH PEUTAN
Uachdar-reòite - le blas faoineig.

SIÙSAIDH CHAMSHRON
Faoineag! Dè fon ghrèin a tha sin?

RANJI
Tha vanilla!

SIÙSAIDH CHAMSHRON
Ò, b' eòlach mo sheanair air
faoineag! Bha Ranji riamh mìltean
air thoiseach oirnn sa Ghàidhlig.
Ceart. Gabhaidh mise sin cuideachd.

TORMOD BELL
Cupan teatha dhòmhsa. Ach feuch
nach bi i ro theth.

RANJI
Cha bhi i fada a' fuarachadh.

Falbhaidh Ranji, agus tillidh e an ceann greis leis na
dh'iarr an còignear. Fuirichidh e greis a' bruidhinn riutha.

SIÙSAIDH CHAMSHRON
Tha deagh àite agad an seo.

RANJI
Tha mi gu math toilichte leis. Agus
dè tha sibhse a' dol a dhèanamh,
bhon a tha sibh ullamh san sgoil?

UILLEAM BREWSTER
Tha dùil agamsa a bhith nam
mhinistear.

RANJI
Nad mhinistear? Cha do rinn thu
altachadh mus do thòisich thu air
a' chòc!

UILLEAM BREWSTER
Cha do rinn - fear a chluinneadh tu
co-dhiù.

TORMOD BELL
Tha mise a' dol a dh'fheuchainn ri
dhol dhan Arm no dhan Chabhlach
Rìoghail.

SIÙSAIDH CHAMSHRON
Faodaidh sinn uile cadal gun dragh
an uair sin agus Tormod gar dìon.

CEIT DHÒMHNALLACH

Bu chaomh leamsa a bhith nam nurs.
Ag obair ann an ospadal agus
a' cuideachadh dhaoine.

SIÙSAIDH CHAMSHRON

Chan eil mise ag iarraidh ach
pòsadh agus teaghlach a bhith agam.

TORMOD BELL

Ach saoil an lorg thu cuideigin a
phòsas tu?

SIÙSAIDH CHAMSHRON

Huh! An aghaidh!

MURCHADH PEUTAN

Mise? Tha mise gu bhith nam
thidsear, ann am foghlam tro
mheadhan na Gàidhlig. Ceithir
bliadhna san oilthigh agus bliadhna
sa cholaiste.

RANJI

Abair measgachadh. Ach chan eil a
dhìth ormsa ach an cafaidh seo a
riaghladh gu coileanta. Co-dhiù, is
math ur faicinn uile. Feuch gun
tadhail sibh a-rithist.

Pàighidh iad Ranji, agus falbhaidh iad.

RANJI

Beannachd leibh.

AN CÒIGNEAR

Agus beannachd leat fhèin, a Ranji.

Thig còignear de chlann-sgoile mu aoisean ceithir-deug is
còig-deug a-steach dhan chafaidh: Bella, Stella, Finella,
Cailean agus Ailean. Tha iad a' bruidhinn agus ag èigheach
nam measg fhèin gus an tig Ranji a dh'fhaighneachd dhaibh dè
bu mhiann leotha.

BELLA

Uachdar-reòite le blas sùbh-làir.

AILEAN

Smaoinich, tha an sgoil dùinte fad
shia seachdainean. Nach math
dhuinn!

BELLA

Bi sàmhach gus am bi sinn air
òrdachadh.

AILEAN

Ò, siuthad ma-tà.

STELLA

An aon rud ri Bella -
uachdar-reòite le blas sùbh-làir.

FINELLA

Mise cuideachd.

AILEAN

Uachdar-reòite le blas banana.

CAILEAN

An dearbh rud dhòmhsa.

Thèid Ranji a dh'iarraidh na dh'òrdaich iad. Tha iadsan
a' bruidhinn 's ag èigheach a-rithist.

AILEAN

An cuala duine agaibh an t-òran a
th' aig àireamh a h-aon? Fìor
sgudal!

FINELLA

Sgudal? Ist! Tha na gillean sa
chòmhlán a tha sin brèagha.

CAILEAN

Aidh, ach a bheil comas seinn aca?

STELLA

Huh! Coma leat! Tha iad nas
fheàrr na thusa co-dhiù!

BELLA

Agus nas brèagha cuideachd!

A h-uile duine a' gàireachdainn. Tillidh Ranji le sgàl làn
de uachdar-reòite.

RANJI

Dà not agus caogad sgillinn.

Pàighidh iad Ranji aig a' chunntair.

BELLA

Carson nach eil deilbh agaibh air
na ballachan?

RANJI

Cuiridh mi deilbh air na ballachan.

STELLA

Carson nach eil ceòl agaibh sa
chafaidh?

RANJI

Cuiridh mi ceòl dhan chafaidh.

AILEAN AGUS CAILEAN
(le chèile) Bidh sin math. Ceòl
meatailt!

Tha Ailean agus Cailean a' leigeil orra gu bheil iad
a' cluich giotar còmhla.

FINELLA
Nas fheàrr na bhith a' coimhead air
an dithis amadan a tha seo co-dhiù!

RANJI
(a' gàireachdainn) Bidh gu dearbha.
Bidh e math. Cha bhi a leithid ann
an Tobhtabost.

SWAHIR
(ri Indira - a' dèanamh cinnteach
nach cluinn Ranji iad) Abair gu
bheil seo air a bhith trang agus an
t-airgead a' tighinn a-steach. Ach
b' fheàrr leam fhathast gun
deigheadh Ranji dhan oilthigh.

INDIRA
Bha mi fhìn a' smaoinachadh an aon
rud. Chan eil mi cinnteach dè cho
seasmhach 's a tha cafaidh mar seo
ann an Tobhtabost. Ach tha Ranji
cho rag. Agus, seall cho dòigheil
agus a tha e ...

SEALLADH A TRÌ: AN CAFAIDH AN DÈIDH DÙNADH AIG DEIREADH AN
LÀ

Tha Ranji, Swahir agus Indira a' sgioblachadh agus
a' còmhradh.

SWAHIR
Siud a' chiad latha seachad.
Shoirbhich gu math leinn.

RANJI
(le gàire) Agus seallaibh na tha seo
de dh'airgead!

INDIRA
Ach tha an t-àite a' faireachdainn
cho falamh a-nis.

RANJI
Carson nach fuirich sinn fosgailte
ceithir uairean fichead?

SWAHIR
Cha chòrdadh sin rium idir.

INDIRA

Bhiodh feum againn air barrachd luchd-obrach.

SWAHIR

Bhiodh eagal ormsa gur e gràisg a bhiodh a' tadhal sa chafaidh nam biodh e fosgailte ro anmoch.

INDIRA

Agus an uair sin gheibheadh an teaghlach agus an cafaidh droch ainm.

SWAHIR

Tha sinn air a bhith gu math fortanach. Bha meas aig daoine sa choimhearsnachd oirnn a-riamh bhon a thàinig sinn dhan eilean.

RANJI

Ceart gu leòr. Glasaidh sinn an doras agus bheir sinn leinn an t-airgead a rinn sinn. Cha bhiodh e sàbhailte fhàgail sa chafaidh fad na h-oidhche. Feumaidh sinn ciste-tasgaidh fhaighinn uaireigin.

INDIRA

Gabh air do shocair, Ranji. Obh, obh, abair latha! Mo chasan bochda!

Glasaidh iad an doras agus tha iad a' falbh.

SEALLADH A CEITHIR: AIG AN TAIGH, ANMOCH SAN OIHCHE

Tha Ranji, Indira agus Swahir nan suidhe mu bhòrd a' chidsin a' còmhradh. Tha cupa teatha aig a h-uile duine aca.

INDIRA

A bheil thu toilichte leis a' chafaidh a-nise?

RANJI

Toilichte? 'S mi tha. Ach tha planaichean eile agam airson a leasachadh agus a sgeadachadh.

SWAHIR

Agus dè na planaichean a tha sin?

RANJI

Cuiridh mi deilbh air na ballachan. Bidh ceòl ann a bheir tlachd dhan òigridh - ceòl nach fhaod a bhith ro àrd, gus nach dèan e cron air an fheadhainn as sine a thig a-steach.

SWAHIR

A bheil stad a' tighinn ort idir,
Ranji? Tha sin gu leòr mun
chafaidh an-dràsta. Bu chòir
dhuinn a dhol a laighe.

RANJI

Tha thu ceart. Feumaidh sinn a
bhith air ar cois tràth sa
mhadainn.

SWAHIR

Tha mo shùilean a' dùnadh ... Chan
eil mi cho òg 's a bha mi.

RANJI

Oidhche mhath. 'S math a rinn sinn
an-diugh. Agus tha sgillinn no dhà
san sporan cuideachd!

INDIRA AGUS SWAHIR

(a' crathadh an cinn agus
a' gàireachdainn) Oidhche mhath,
Ranji.

Falbhaidh iad uile às a' chidsin. Tha an taigh sàmhach.
Cluinnear gnogadh aig an doras. Thig Ranji, na leth-dhùisg,
chun an dorais. Tha poileas agus bana-phoileas aig an doras.

RANJI

Cò tha ag iarraidh cupa teatha aig
an àm seo dhen mhadainn?

A' BHANA-PHOILEAS

Ranji Sarwar?

RANJI

Sin mise. Ach dè tha ceàrr?

AM POILEAS

An ann leatsa a tha Cafaidh Ranji?

RANJI

'S ann? Dè tha ceàrr air sin? Cò
air a bheil sibh a-mach? Chan
fhaigh sibh drogaichean no deoch
làidir an cafaidh Ran ...

A' BHANA-PHOILEAS

Tha eagal orm gun deach Cafaidh
Ranji na theine. Chan eil air
fhàgail ach an t-slige.

RANJI

(ag èigheach) Mo chafaidh! Athair!
A mhàthair! Dùisgibh! Chaidh an
cafaidh na theine.

Tha Indira agus Swahir a' nochdadh ann an cabhaig.

AM POILEAS

Feumaidh sinn rannsachadh a dhèanamh. Ach an-dràsta tha e coltach gun deach rudeigin ceàrr le dealan a' chafaidh. Bruidhnidh sinn riut nas fhaide air adhart air an latha.

Falbhaidh am poileas agus a' bhana-phoileas. Tha Ranji gu math troimh-a-chèile. Mu dheireadh thall, suidhidh e. Cuiridh Indira air an coire.

RANJI

An e trom-laighe a tha seo? An obair chruaidh a rinn sinn agus a-nise chan eil sgeul air a' chafaidh. An cafaidh a bha cho trang an-dè. Chan eil sgeul air Cafaidh Ranji.

Tòisichidh Ranji a' gul air a shocair, a cheann na làmhan.

SWAHIR

Socair ort, Ranji. Feumaidh tu planaichean eile a dhèanamh a-nise.

Coimheadaidh Swahir air Indira.

INDIRA

Nach tèid thu a-nise dhan oilthigh?

RANJI

Dh'fhaodainn cafaidh fhosgladh ann an Glaschu, ged a bhios mi nam oileanach.

INDIRA

Theirig thusa dhan oilthigh, agus ionnsaich a bhith nad dhotair, a ghaoil. Dh'fhaodadh tu tilleadh agus ionad-slàinte fhosgladh air an dearbh làrach far an deach an cafaidh a stèidheachadh.

SWAHIR

Agus faodaidh tu a-rithist a bhith a' bruidhinn ris na bodaich agus ris na cailleachan ann an Gàidhlig.

INDIRA

Agus ris an òigridh cuideachd, ma thuigeas iad thu.

Èiridh Ranji agus coltas nas fheàrr air.

RANJI

Ach chan e teatha no cofaidh a bhios mi a' riarachadh an uair sin, ach cungaidhean mìorbhaileach.

INDIRA

Chan fhaigh duine cungaidh nas fheàrr na cupa teatha!

Tha Indira a' toirt cupa dhan a h-uile duine.

SWAHIR

Nì sinne ath-thogail air an togalach nuair a bhios tu air falbh.

INDIRA

'S e Cafaidh Ranji a bhios aig muinntir an àite air fhathast.

RANJI

Tapadh leibh! Cafaidh Ranji - far am faighear cungaidhean de gach seòrsa.

SWAHIR

Gheibh a h-uile euslainteach sa bhaile an aon chomhairle.

RANJI

Agus dè a' chomhairle a bhios an sin?

SWAHIR

'Bu chòir dhutsa, a charaid, tadhal air Cafaidh Ranji!'

Tha fiamh a' ghàire air aodann Ranji a-rithist. Beiridh Ranji agus athair air làmhnan a chèile.

na stocainnean

le Iain Mac a' Ghobhainn

(An dealbh-chluich le Dòmhnall Iain MacIomhair)

Na Stocainnean
Le
Iain Mac a' Ghobhainn

(Dealbh-chluich le Dòmhnall Iain
MacÌomhair)

Caractaran

BANNTRACH

TÈ-SIUBHAIL

IAIN - MAC NA BANNTRAICH

SEUMAS - MAC NA TÈ-SIUBHAIL

MISS MACDONALD - TIDSEAR

CLAS - SEÒRAS, ANNAG, DÒMHNALL,
MURDAG, SEONAG, MÒRAG, SANDAIDH,
COINNEACH, RUARaidh, SÌNE

SEALLADH A H-AON: DORAS TAIGH NA BANNTRAICH

Tha tè-siubhail aig doras taigh banntaich agus tha i fhèin agus a' bhanntach a' còmhradh. Tha ultach phanaichean is choireachan aig an tè-siubhail.

TÈ-SIUBHAIL

Tha madainn bhrèagha ann. Seall na th'agam an seo de ...

A' BHANNTRACH

A-nise, mus tòisich thu, chan eil mise ag iarraidh càil.

TÈ-SIUBHAIL

Is cinnteach gu bheil feum agad air coire no air pana. Seall cho math 's a tha iad air an dèanamh. Is e an duine agam, Seonaidh Mòr, a bhios a' dèanamh nan coireachan agus nam panaichean. Tha mi cinnteach gun cuala tu mu dheidhinn.

A' BHANNTRACH

Cha cuala mi ainm a-riamh. Tha mi duilich.

TÈ-SIUBHAIL

Bidh e a' cur uairean a thìde seachad san teanta, a' feuchainn ri bith-beò a chosnadh dhuinn. Agus bidh mise a' falbh nan taighean a' feuchainn ris na rudan a reic. Chan eil e furasta aig amannan ...

A' BHANNTRACH

Chan eil annamsa ach banntach bhochd.

Chan eil airgead agam, ach am
beagan de pheinnsean a gheibh mi
bhon stàit. Agus tha triùir mhac
agam a tha an-còmhnaidh feumach air
biadh is aodach.

TÈ-SIUBHAIL

Mar sin, 's ann a tha thu gu math
fortanach. Chan eil mise
a' faighinn sin fhèin. Nach
ceannaich thu pana no coire? Chan
eil iad daor idir.

A' BHANNTRACH

Tuigidh mi gu bheil cùisean doirbh
dhut, daonnan air an rathad agus
beò ann an teanta. Agus tuigidh mi
nach eil an teanta uabhasach
cofhurtail nuair a tha an aimsir
fliuch agus fuar.

TÈ-SIUBHAIL

Ò, tha thu ceart nad bheachd. Pana?
Coire?

A' BHANNTRACH

An do dh'fheuch sibh idir ri taigh
fhaighinn bhon Chomhairle? Seall
cho seasgair 's a bhiodh sibh an
uair sin. Agus chan fheumadh tusa a
bhith a' falbh na sitig
a' feuchainn ri rudan a reic.
Smaoinich air an tiormachd agus air
a' bhlàths.

TÈ-SIUBHAIL

Taigh? Taigh, an tuirt thu? Cha
b' urrainn dhòmhsa a bhith beò ann
an taigh. Seo a' bheatha as aithne
dhòmhsa, agus tha fios is cinnt
agam nach biodh Seonaidh Mòr
toilichte a bhith a' fuireach ann
an taigh. Ach, a bheil thu a' dol a
cheannach càil bhuan?

A' BHANNTRACH

Nach do dh'inns mi dhut nach eil
annam ach banntrach bhochd. Ach,
fuirich mionaid!

Thèid a' bhantrach a-steach dhan taigh agus tillidh i chun
an dorais le paidhir de stocainnean balaich aice na làimh.

TÈ-SIUBHAIL

Dè tha agad an sin?

A' BHANNTRACH

Paidhir stocainnean. Cha toigh le Iain iad. Iain, mo mhac, mo mhac as òige. Ach faodaidh tusa an toirt leat - dhad mhac fhèin. Mi fhìn a dh'fhigh iad. Seall cho brèagha 's a tha iad - uaine le daoimeanan dearga. Chan eil mi a' tuigsinn carson nach toigh le Iain iad.

TÈ-SIUBHAIL

Tha iad brèagha gun teagamh.

A' BHANNTRACH

Siuthad ma-tà, thoir thusa leat iad.

TÈ-SIUBHAIL

Mòran taing, mòran taing. A bheil rud sam bith eile agad a bheir thu dhomh? Tuilleadh stocainnean, 's dòcha?

A' BHANNTRACH

Chan eil gu dearbha. Tha mi duilich. Chan eil annamsa ach banntnach bhochd.

TÈ-SIUBHAIL

Is math am beagan nuair nach fhaighear am mòran. Togaidh mi orm a-nise lem phanaichean agus lem choireachan. Gum bu fada beò thu, ged nach do cheannaich thu càil bhuan.

Falbhaidh an tè-siubhail. Dùinidh a' bhanntnach an doras.

SEALLADH A DHÀ: AIG AN SGOIL

Tha na sgoilearan sa chlas ag obair air Matamataig.

MISS MACDONALD

Sàmhach a-nise. "Sàmhach", thuirt mi. A Choinnich, air do shocair! Agus Annag, tha cus agadsa ri ràdh. Chì sibh gun do chuir mi suimean air a' bhòrd dhuibh. Iomadachadh agus roinneadh. Dèanaibh iad nur leabhraichean-sgrìobhaidh. Deich uile gu lèir. Seadh, a Sheòrais?

SEÒRAS

Chaill mi mo pheansail.

SEONAG

Bheir mise peansail dha.

Bheir Seonag peansail do Sheòras.

MISS MACDONALD
Siuthadaibh a-nise. A bheil
ceistean sam bith agaibh?

CLAS
Chan eil.

Tòisichidh iad air na suimean. Ach tha Iain a' mothachadh gu bheil a stocainnean uaine leis na daoimeanan dearga air Seumas. Leumaidh Iain a-mach às a dheasg.

IAIN
(ag èigheach) Mo stocainnean, mo
stocainnean, tha mo stocainnean
air!

Bheir Iain buille do Sheumas.

MISS MACDONALD
(ag èigheach) Stad sin anns
a' bhad!

Tha Iain agus Seumas a' sabaid ann am meadhan an làir.

MISS MACDONALD
(ag èigheach a-rithist) Stad sin
anns a' bhad!

Tha Iain a' feuchainn ris na stocainnean a spìonadh bho Sheumas. Tha càch a' gàireachdainn.

IAIN
Càit an d' fhuair thu iad? Ghoid
thu iad!

Beiridh Miss MacDonald orra agus sadaidh i bho chèile iad.

MISS MACDONALD
(gu feargach) Iain MhicAoidh, stad
sin anns a' bhad. Dè a-nis a tha
seo?

IAIN
Tha mo stocainnean air. Ghoid e mo
stocainnean.

MISS MACDONALD
(ri Seumas) A bheil sin ceart?

SEUMAS
(a' gul) Mo mhàthair a thug dhomh
iad.

IAIN

(ag èigheach) Leamsa a tha iad.
Leamsa a tha iad, a mhèirlich
gun ...

MISS MACDONALD

(ri Iain) Fuirichidh tusa an seo fad
uair a thìde an dèidh do chàch a
dhol dhachaigh aig deireadh an
latha. A-nise, na cluinneam an
còrr!

IAIN

(os ìosal) Tha mo stocainnean aige.
Ghoid e iad, ach cha bhi esan air a
pheanasachadh.
(ri Seòras) Chan e gun robh mi
uabhasach dèidheil air na
stocainnean ach chan eil e gu
diofar. Is ann leamsa a tha iad,
agus tha esan air an goid.

MISS MACDONALD

Air ais gu na suimean a-nise. Siud
spòrs gu leòr airson aon latha.

Tha na sgoilearan a' tòiseachadh air na suimean a-rithist.
Buailidh an clag - tha iad uile a' falbh a-mach.

Siuthadaibh ma-tà. Feuch gum bi
sibh uile modhail aig a' phleidhe.

SEALLADH A TRÌ: RAON-CLUICHE NA SGOILE

Tha Iain agus Seumas a' sabaid. Tha Iain a' feuchainn ris na
stocainnean a spìonadh far casan Sheumais.

IAIN

Sin agad airson mo stocainnean a
ghoid!

Bheir Iain buille do Sheumas. Cuiridh Seumas a làmh ri a
shròin.

SEUMAS

Aaaah! Mo shròn! Mo shròn!

IAIN

Ò mo chreach. Dè rinn mi? Dè
chanas an tidsear?

Tha Seumas a' gul agus tha càch ag èigheach. Bheir Iain
nèapraige às a phòcaid.

Seo dhut. Seo dhut nèapraige. Cha
chreid mi gum faca tu nèapraige
a-riamh.

Cuir an nèapraige rid shròin. Tha mi duilich. Tha fios agam gu bheil thu bochd, cho bochd 's gum bi thu casruisgte eadhon nuair a bhios an sneachd ann.

SEUMAS

Cha do ghoid mise na stocainnean idir. Mo mhàthair a thug dhomh iad. An fhìrinn a th' agam. Cha robh mi riamh ri goid.

IAIN

Ach, cùm na stocainnean. Cùm na stocainnean. Tha mi coma. Faodaidh tu na stocainnean a chumail.

Slaodaidh Seumas na stocainnean air ais air a chasan.

SEUMAS

Ò tapadh leat. Cumaidh mi iad gu dearbh. Cha robh stocainnean mar seo agamsa a-riamh. Tha iad cho brèagha agus blàth.

IAIN

Tha fios agam gu bheil thu bochd, gu bheil thu a' fuireach ann an teanta. Bidh mise agus feadhainn de na balaich a' togail teanta as t-samhradh.

SEUMAS

Bithidh, ach cha bhi thu a' dèanamh a leithid anns an uisge agus anns a' ghaoith agus a' fuireach ann fad na bliadhna.

IAIN

Tha fhios nach eil e uabhasach cofhurtail.

SEUMAS

Chan eil idir ach chumadh tusa paidhir stocainnean bhuam. Co-dhiù, tha mi taingeil gum faod mi an cumail. Bidh mo mhàthair cho toilichte.

CÀCH

(ag èigheach) Stocainnean!
Stocainnean! Stocainnean!

IAIN

(a' bruidhinn ri càch) Thug mi dha iad. Agus mar sin, cumaibh sàmhach.

Thig Miss MacDonald a-mach.

MISS MACDONALD

Dè an èigheach uabhasach a tha seo?
Agus dè thachair dha do shròin, a
Sheumais?

SEUMAS

Bhuail Iain mi. Thug e dhomh buille
mun t-sròin. Ach an dèidh sin
thuirt e rium gum faodainn na
stocainnean a chumail.

MISS MACDONALD

Iain MhicAoidh, tha mise a' dol a
chur fios air do mhàthair. Cha dèan
an dol-a-mach seo an gnothach idir,
idir.

SEALLADH A CEITHIR: AIR AN RAON-CHLUICHE AIG ÀM DINNEIR.

Nochdaidh màthair Iain aig a' gheata.

A' BHANNTRACH

Gabhaibh mo leisgeul. Obh, obh, dè
tha air tachairt? Iain? Dè rinn
thu?

MISS MACDONALD

Chuir do mhac às leth Sheumais an
seo gun do ghoid e a stocainnean.
Ach thuirt Seumas gur ann bho a
mhàthair a fhuair e iad. Thòisich
an t-sabaid agus chaidh Seumas a
ghoirteachadh. Bha an fhuil
a' sruthadh às a shròin.

A' BHANNTRACH

Iain, tha mi air mo nàrachadh!
Ceart gu leòr, thug mise
stocainnean uaine le daoimeanan
dearga do thè-siubhail a thàinig
chun an dorais. Cha robh an còrr
agam.
(ri Seumas)
Feumaidh gur e do mhàthair-sa a bha
aig an doras. Sin na dearbh
stocainnean a thug mi dhi, oir
chuir i uiread de thruas orm.

MISS MACDONALD

Tha sin ag innse dhuinn, ma-tà.
Iain, iarr maitheanas.

IAIN

Tha mi duilich. Thuirt mi ris gum
faodadh e na stocainnean a chumail.

A' BHANNTRACH

Fuirich thusa, a mhic an uilc, gus
am faigh mise dhachaigh thu agus
cluinnidh tu an uair sin e.

IAIN

Bidh mi rudeigin fadalach
a' faighinn dhachaigh an-diugh, oir
feumaidh mi fuireach san sgoil mar
pheanas.

A' BHANNTRACH

Is math an airidh!

MISS MACDONALD

(ris a' chloinn)A-steach air ais
leibh a-nise.

Tha a' chlann a' dannsa timcheall agus a' seinn gu h-àrd.

CÀCH

Hai-o haoiream, stocainnean
daoimean ...

MISS MACDONALD

Istibh, a-nise. Steach leibh
uile...

Tillidh a' chlann uile a-steach dhan sgoil.



Ri Aghaidh na Creig

le Maolios Caimbeul

*(An dealbh-chluich le
Dòmhnall Iain MacIomhair)*

Ri Aghaidh na Creig
Le

Maoilios Caimbeul

(Dealbh-chluich le Dòmhnall Iain
MacÌomhair)

Caractaran

MÌCHEAL - MANAIDSEAR OIFIS AN GLASCHU

SEÒRAS - CARAID MHÌCHEIL BHO LÀITHEAN
SGOILE. PÒSTA AIG ANNA

ANNA - CARAID MHÌCHEIL BHO LÀITHEAN
SGOILE. PÒSTA AIG SEÒRAS

SEALLADH A H-AON: TAOBH A-MUIGH TAIGH SHEÒRAIS AGUS ANNA

Thig Mìcheal às a' BhMW aige. Seasaidh e greiseag
a' coimhead a' chàir agus ga ghlasadh.

MÌCHEAL

(ris fhèin) Aidh, nach mi tha
fortanach gu bheil càr cho
eireachdail agam. Obair mhath ann
an Glaschu agus taigh mòr spaideil.
Chan eil ach aon rud a dhìth.
(ag osnaich) Ach saoil ciamar a tha
Seòras agus a bhean bhrèagha Anna?
Abair gu bheil taigh spaideil, ùr
aca. Agus Volvo snog ri taobh an
taighe. 'S e Seòras a rinn math
eadar croitearachd, obair na h-ola -
agus Anna.

Gnogaidh Mìcheal air doras an taighe. Freagraidh Anna an
doras. Cuiridh iad fàilt' air a chèile le toileachas.
Cuiridh Anna a làmhan timcheall air amhaich Mhìcheil.

ANNA

A Mhìcheil!

MÌCHEAL

Anna! Tha e cho math d' fhaicinn!
Tha mi dìreach a-bhos airson latha
no dhà. Thàinig mi a choimhead air
mo sheann charaidean. A bheil
Seòras a-staigh?

Nochdaidh Seòras san doras agus beiridh e air làimh air
Mìcheal.

SEÒRAS

Uill, uill, abair srainnsear! Cha
robh dùil sam bith agam riutsa.
Ach is math d' fhaicinn. Thig
a-steach, thig a-steach!

Thèid Mìcheal a-steach.

SEALLADH A DHÀ: SEÒMAR-SUIDHE SHEÒRAIS AGUS ANNA

Tha Anna agus Seòras a' tighinn a-steach dhan rùm. Tha iad a' toirt air Mìcheal suidhe. Tha Anna a' fuaigheal.

MÌCHEAL

Abair seòmar! A h-uile càil a' tighinn a rèir a chèile, mar a bhithinn an dùil. Is tu tha fortanach, a Sheòrais. Agus Anna cho bòidheach. Anna bhòidheach - BMW nam boireannach!

ANNA

(a' gàireachdainn) Ò ist, amadain!

SEÒRAS

Cia mheud bliadhna bho bha thu an seo roimhe, a Mhìcheil? Trì? Ceithir?

MÌCHEAL

Mo chreach, chan eil mi cinnteach. Cha robh sibh pòsta aig an àm.

SEÒRAS

Cha robh ... ged bha gealladh - pòsaidh eatarainn.

Tha Mìcheal a' sliobadh an t-sòfa mheileabhaid.

MÌCHEAL

An turas mu dheireadh a bha mi a' sealltainn oirbh, chaidh do thoirt air falbh dhan ospadal, a Sheòrais.

Tha Mìcheal a' coimhead gu dlùth air Anna.

Choimhead mise às dèidh Anna.

SEÒRAS

Tha cuimhn' agam. Tha cuimhn' agam air a h-uile càil.

ANNA

Seòras bochd. Cha robh thu gu math idir.

MÌCHEAL

A bheil cuimhn' agad nuair a bha sinn san sgoil? Bha an dithis againn craicte air Anna.

SEÒRAS

Tha cuimhn' agam air sin cuideachd, a bhalaich.

Ach roghnaich i mise aig a' cheann thall, nach do roghnaich, Anna?

ANNA

(a' gàireachdainn) Ò sguiribh dheth, an dithis agaibh!

MÌCHEAL

'S i a roghnaich. Co-dhiù, tha e math ur faicinn. Ach tha adhbhar sònraichte agam a bhith seo. Bruidhnidh sinn a-rithist ge-tà.

ANNA

Gu leòr de bhleadraigeadh. 'S fheàrr dhomh cupa tì a dhèanamh.

Èiridh Anna às a' chathair san robh i na suidhe. Fàgaidh i an seòmar.

SEÒRAS

A bheil cuimhn' agad nuair a bhiomaid a' sreap? Mi fhìn is tu fhèin. Agus Anna.

MÌCHEAL

Tha gu dearbha. Am bi thu ris fhathast?

SEÒRAS

Is mi a bhitheas. Co-dhiù nuair gheibh mi an cothrom, ged nach eil sin ro thrì. Deagh chur-seachad a bh' ann a-muigh san àile ghlan, chùbhraidh. Dè mu dheidhinn a dhol a shreap a-màireach?

MÌCHEAL

A-màireach!

SEÒRAS

Nach bi thu an seo?

MÌCHEAL

Bithidh, ach ... cha tug mi leam stuth. Cha robh dùil agam gum biomaid a' sreap a-rithist.

SEÒRAS

Na gabh dragh mu dheidhinn sin. Size ten, nach e? Mar a thuirt mi, tha cuimhn' agam air a h-uile càil!

Fàgaidh Seòras an seòmar. Tha Mìcheal a' coimhead air dealbh Sheòrais agus Anna an latha a phòs iad. Tha Anna taobh a-muigh an rùm, a' bruidhinn ri Seòras. Tha Mìcheal a' tionndadh agus ag èisteachd.

ANNA

Dè an rùrach a th' ort an sin?

SEÒRAS

Tha mi a' feuchainn ris na brògan ùra a cheannaich mi airson sreap a lorg ach an seall mi do Mhìcheal iad, tha thu a' tuigsinn.

ANNA

Uill, tha iad sa phreasa fon staidhre.

Tillidh Seòras dhan t-seòmar le brògan brèagha, aotrom airson sreap chreagan.

SEÒRAS

Seo a Mhìcheil, feuch iad sin ort.

Cuiridh Mìcheal air na brògan.

MÌCHEIL

Tha iad dìreach ceart dhomh. Is e brògan matha sreap a tha seo.

Thèid Seòras a-mach a-rithist, agus tillidh e ann an tiotan le anarac, stocainnean tiugha agus briogais. Tha iad uile ùr.

SEÒRAS

Feuch a-nise iad sin ort. Is toigh leam fear spèar dhen h-uile càil a bhith agam.

MÌCHEAL

Tha thu cho gasta 's cho còir 's a bha thu riamh, a Sheòrais. Cha robh dùil sam bith agam ri seo. Gu cinnteach, cha robh.

Thig Anna a-steach le tì.

ANNA

A bheil cuimhn' agaibh air na seann làithean, nuair a bhiomaid a' falbh còmhla airson oidhcheannan a shreap sa Chuiltheann agus an Earra-Ghàidheal?

SEÒRAS

Nach tuirt mi gu bheil cuimhn' agam air a h-uile càil? Bha sinn math air sreap sna làithean ud, agus glè èasgaidh cuideachd.

ANNA

Bha, ach chan eil sinn cho òg 's a bha sinn.

Cha robh mise riamh cho measail air sreap chreagan. Bha sin gu math na bu chunnartaiche.

MÌCHEAL

Bha Seòras riamh air thoiseach oirnn is sinne ga leantail. Co-dhiù, mòran taing. Chòrd an craic agus an tì rium. 'S fheàrr dhòmhsa falbh. Ach càit a-màireach, ma-tà?

SEÒRAS

Bodach an Stòrr.

ANNA

(le gàire) Bodach an Stòrr! An ann ri fealla-dhà a tha thu? Ri spòrs? Cò riamh a shreap Bodach an Stòrr?

SEÒRAS

Sin dìreach an t-adhbhar airson am feum sinn a shreap. Cha do shreap duine eile e cho fada 's is fiosrach mi. Bidh spòrs ann gun teagamh.

MÌCHEAL

Uill, dè as urrainn dhòmhsa a ràdh? Tha Seòras air inntinn a dhèanamh suas.

SEÒRAS

Coinnichidh sinn tràth sa mhadainn aig an Stòrr.

MÌCHEAL

(ris fhèin) Cha d' fhuair mi cothrom bruidhinn ri Seòras. Is dòcha nach còir dhomh guth a ràdh. (ag osnaich) Anna, Anna, Anna! Tha thu fhathast cho brèagha 's a bha thu a-riamh. Sguir dheth a Mhìcheil. Tha iad pòsta. Tha iad toilichte. Ach, uill, chì mi iad a-màireach. (ri Anna agus Seòras) Mar sin leibh an-dràsta a chàirdean. Chì mi sa mhadainn sibh!

SEALLADH A TRÌ: AIG AN STÒRR

Ruigidh Mìcheal bonn an Stòrr an toiseach. Tha e na shuidhe air bruach ag ithe ceapaire.

MÌCHEAL

(ris fhèin) Anna! Cha d' fhuair mi norradh cadail a' smaoineachadh ort. Dè rinn thu orm?

Carson a tha mi cho lag? Gu
dearbha, chan eil mi idir
a' faireachdainn coltach ri sreap,
ach feumaidh mi. Chan urrainn
dhomh Seòras a leigeil sìos.

Ruigidh Seòras - leis fhèin. Tòisichidh iad air coiseachd.

SEÒRAS

Sin thu! Cha robh Anna
a' faireachdainn ro mhath. Cha robh
i ann an sunnd airson sreap. Chan
e càil dona a tha ann, dìreach
fuachd.

MÌCHEAL

Tha mi an dòchas gum bi i ceart gu
leòr.

Ruigidh iad bonn na creige.

SEÒRAS

Ceart ma-thà. Cò againn a tha
a' dol air thoiseach?

MÌCHEAL

(le gàire) Tha fios cò bhios air
thoiseach. Bha aon neach daonnan
a' dol air thoiseach. Thusa!

SEÒRAS

'S fheàrr dhuinn sinn fhìn a
dheasachadh ma-thà.

Tha Seòras ag ullachadh na h-uidheim. Seallaidh Mìcheal suas
ris a' chreig àird.

MÌCHEAL

A bheil thu cinnteach mun seo a
Sheòrais?

SEÒRAS

Cha robh mi riamh cho cinnteach mu
rudeigin.

MÌCHEAL

(a' gàireachdainn) Cha do
dh'atharraich thu a-riamh. Tha thu
cho cinnteach asad fhèin, cho
suidhichte nad bheachd. Tha thu cho
fortanach, a Sheòrais.

Tha Mìcheal a' feitheamh ri freagairt ach cumaidh Seòras air
ga ullachadh fhèin.

A bheil càil a' cur dragh ort, a
Sheòrais?

Bha uair a bha thu aotrom,
aighearach nuair a bhiomaid
a' sreap. Na gabh dragh mu Anna -
bidh i ceart gu leòr!

Tòisichidh Seòras a' dìreadh, agus an ròpa a' slaodadh ris.
Tha ùine a' dol seachad.

MÌCHEAL

A bheil thu gam chluinntinn, a
Sheòrais. A bheil thu ceart gu
leòr? Thoir an aire ort fhèin!

Tha Seòras air leac a ruighinn agus tha e air fhèin a
shlaodadh suas chun na lice. Tha Micheal fhathast
a' dìreadh.

SEÒRAS

Tha mi ag iarraidh bruidhinn riut.

MÌCHEAL

Tha mi toilichte sin a chluinntinn.
Dè th' ann?

SEÒRAS

Bha adhbhar agam do thoirt an seo.
Gu Bodach an Stòrr. Tha mi a' dol
gad mharbhadh.

MÌCHEAL

(a' clisgeadh) A Sheòrais! Tha thu
às do chiall. Carson a mharbhadh tu
mise?

Bheir Seòras sgian às a phòcaid.

Dè tha thu a' dèanamh?

SEÒRAS

Tha mi a' dol gad mharbhadh. Nach
tuirt mi riut? Is math tha fhios
agam carson.

MÌCHEAL

Seach gu bheil gaol agam air Anna?

SEÒRAS

Chan ann.

Fosglaidh Seòras an sgian.

Ach airson an rud a rinn sibh nuair
bha mise san ospadal.

MÌCHEAL

A Sheòrais, èist rium! Tha mi cho
duilich mun sin. Tha e air bhith
a' cur dragh orm bhon uair sin.

Thàinig mi a dh'iarraidh
maitheanas. 'S e 'n fhìrinn a
th' agam.

SEÒRAS

Maitheanas? Nach eil thu beagan
fadalach?

MÌCHEAL

Bha gaol agam oirre, a Sheòrais.
Tha fhathast. Tuigidh tu fhèin
sin. Tha gaol agadsa oirre
cuideachd. Tha i còmhla riutsa.
Tha sibh toilichte ... Chan eil i
gam iarraidh-sa idir. Na marbh mi,
a Sheòrais. Bidh fios aca, ma
ghearras tu an ròpa.

SEÒRAS

Cha bhi, ma nì mi mar seo e.

Tòisichidh Seòras a' sgrìobadh an ròpa.

MÌCHEAL

Cha do rinn mi càil ceàrr. Bha
fhios agad gun robh mi fhathast ann
an gaol leatha. Cha robh sibh
pòsta aig an àm. Nach toir thu
maitheanas dhomh?

SEÒRAS

Cha toir mi maitheanas gu bràth do
fhear-brathaidh. Abair caraid!
Aaaaaah!

Brisidh an ròpa. Seallaidh Mìcheal sìos, agus tha Seòras na
laighe aig bonn na creige, is fuil a' sruthadh bho bheul.

MÌCHEAL

A Sheòrais. A Sheòrais, bruidhinn
rium. Ò Anna, Anna, dè rinn thu
oirnn?

Tha Mìcheal na chrùban air a' chreig a' gul gu cruaidh.